





NATIONAL TRANSPORT STRATEGY

DELIVERY PLAN: 2020-2022



Clàr-innse

Ro-ràdh bhon Mhinistear	3
Ro-ràdh	5
An Lèirsinn agus na Prìomhachasan Againn	8
A' Cur ri Cunntachalachd	9
A' Neartachadh Fianais	10
A' Stiùireadh Iarrtas	11
A' lùghdachadh neo-ionannachd	12
Bidh e gnìomhach air a' ghnàth-shìde	18
A' cuideachadh gus fàs eaconamach in-ghabhalach a libhrigeadh	25
Tha e a' cur ris an t-Slàinte is Sunnd againn	33
Faclair	37

Ro-ràdh bhon Mhinistear

Dh'fhoillsich mi Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta ùr na h-Alba (*National Transport Strategy 2 - NTS2*) anns a' Ghearran am-bliadhna. Tha am Plana Lìbhrigidh seo a' toirt nan gnìomhan air feadh Riaghaltas na h-Alba còmhla airson a' chiad uair gus taic a chumail ri lìbhrigeadh na Ro-innleachd gus an lèirsinn againn airson còmhdhail a thoirt gu buil agus gus taic a chumail ri cruth-atharrachadh a dh'ionnsaigh roghainnean nas seasmhaiche. Tha e a' mìneachadh nan gnìomhan a nì sinn thairis air an ath bhliadhna no dhà, mar phàirt de bhith a' libhrigeadh na lèirsinn 20 bliadhna againn a dh'aontaich sinn san Ro-innleachd againn - gus siostam còmhdhail a libhrigeadh a tha seasmhach, in-ghabhalach, sàbhailte agus ruigsinneach.




Tha suidheachadh èiginneach a' Chorònabiorais (COVID-19) agus an fhreagairt a bha aig an riaghaltas ri gabhail air buaidh mhòr a thoirt air iarrtas agus air dòighean-giùlain a thaobh siubhail. Thug e buaidh ro-mhòr air beatha dhaoine cuideachd agus tha e air cur ri neo-ionannachd. Tha cleachdadh còmhdhail phoblach gu sònraichte air lùghdachadh gu mòr. Tha mi air leth taingeil airson nan oidhirpean aig a h-uile duine a tha ag obair ann an còmhdhail aig an àm seo, gu tric ann an suidheachaidhean dùbhlach ann an 'loidhne-aghaidh' na freagairt.

A dh'aindeoin mì-chinnt a thaobh buaidhean fad-ùine a' ghalair lèir-sgaoilte, tha sinn fhathast a' cuimseachadh air na prìomhachasan a tha mar bhunait air an lèirsinn againn, gus siostam còmhdhail a libhrigeadh a lùghdaicheas neo-ionannachd, a bhios gnìomhach air a' ghnàth-shìde, a chuidicheas le bhith a' libhrigeadh fàs eaconamach in-ghabhalach, agus a leasaicheas ar slàinte agus sunnd. Tha seo fhathast aig cridhe an ath-bheothachaidh againn agus tha sinn air fòcas a' Chiad Phlana Lìbhrigidh seo a chur air a bhith a' dèiligeadh ri buaidh COVID-19 mar phrìomh eileamaid de bhith a' toirt air adhart na ro-innleachd fad-ùine againn. Feumaidh sinn cumail oirnn a bhith a' cur nan ceumannan an gnìomh a chruthaicheas siostam còmhdhail a dh'obraicheas airson na h-uile, ge b' e dè na feumalachdan a th' aca, agus a bhrosnaicheas daoine a bhith a' fuireach, ag ionnsachadh, ag obair agus a' tasgadh ann an Alba. Tha seo a' fàs nas cudromaiche agus sinn a-nis taobh a-muigh an Aonaidh Eòrpaich. Tha na targaidean àrd-amasach againn a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde a' dèanamh soilleir gu bheil èiginn gnàth-shìde na cruinne fhathast ann, cho math ri suidheachadh èiginneach COVID-19 agus gum feum sinn gnìomh a ghabhail air an amas gus eimiseanan gasaichean an taigh-ghlainne a lùghdachadh gu net zero ro 2045. Tha àite ro-chudromach aig còmhdhail - an raon a tha a' dèanamh nan eimiseanan as motha - ann a bhith a' libhrigeadh seo gus taic a chumail ris a' ghluasad a dh'ionnsaigh còmhdhail beag-carbon is gun charbon. Mar phàirt den ath-bheothachadh uaine, bheir sinn taic do dhaoine gus roghainnean siubhail gnìomhach a thaghadh, mar eisimpleir, a' toirt inbhe mhaireannach do chuid den bhun-structar airson siubhal gnìomhach a chaidh a thoirt a-steach aig àm COVID-19, far a bheil sin iomchaidh.

Tha na gnìomhan againn anns a' Phlana Lìbhrigidh seo a' daingneachadh Rangachd na Còmhdhail Seasmhaich againn agus an Rangachadh Tasgaidh againn. Bidh sinn a' brosnachadh coiseachd, chuibhligeachd agus rothaireachd, agus roghainnean còmhdhail co-roinnte seach a bhith a' cleachdadh chàraichean

prìobhaideach. Tha an Rangachd Tasgaidh aig cridhe an dàrna Lèirmheas Pròiseactan Còmhdhail Ro-innleachdail. Bidh ìre 1 ag aithris sa gheamhradh am-bliadhna, a' cur an cèill nam planaichean tasgaidh còmhdhail againn airson nam beagan bhliadhnaichean ri thighinn agus a' toirt fa-near do na buaidhean aig COVID-19. Tha am Plana Lìbhrigidh a' mìneachadh gnìomhan a nì sinn a tha a rèir Ùrachadh Plana Atharrachadh na Gnàth-shìde, gus aghaidh a chur air eimiseanan còmhdhail agus gus taic a chumail ri coimhearsnachdan soirbheachail mar phàirt den phrògram tasgaidh againn a tha stèidhichte air àite (*place-based*).

Ged a tha am Plana Lìbhrigidh seo a' mìneachadh gnìomhan Riaghaltas na h-Alba, tha an Ro-innleachd againn airson Alba air fad, agus airson a bhith air a lìbhrigeadh gu co-obrachail. Cumaidh sinn oirnn ag obair le com-pàirtichean, thar riaghaltas ionadail, Com-pàirteachasan Còmhdhail Roinneil, buidhnean san roinn phoblaich, gnìomhachas, daoine fa-leth agus eile gus na ceumannan a tha air am mìneachadh sa Phlana seo a thoirt air adhart agus gus taic a thoirt do dhaoine eile leis na gnìomhan aca gus an Ro-innleachd a lìbhrigeadh.



Micheal MacMhathain BPA
Rùnaire a' Caibineit airson Còmhdhail, Bun-structair agus Co-cheangailteachd

Ro-ràdh

Tar-shealladh

Tha Ro-innleachd Còmh-dhail Nàiseanta na h-Alba 2 (NTS2) a' cur an cèill lèirsinn àrd-amasach làidir airson an t-siostaim còmh-dhail againn airson an ath 20 bliadhna agus a' mìneachadh nan ceithir prìomhachasan airson an t-siostaim còmh-dhail againn: a' lùghdachadh neo-ionannachd; gnìomhach a thaobh na gnàth-shìde, a' cuideachadh gus fàs eaconamach in-ghabhalach a libhrigeadh; agus a' cur ris an t-slàinte is sunnd againn.

Tha a' chiad Plana Libhrigidh seo airson NTS2 a' cur air adhart nan gnìomhan farsaing a tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail gus a lèirsinn agus prìomhachasan a libhrigeadh gus a' Mhàirt 2022, a' gabhail feart air buaidh COVID-19. Tha seo a' gabhail a-steach gnìomhan a tha Còmh-dhail Alba a' gabhail. Foillsichidh sinn Planaichean Libhrigidh bho 2022 air adhart. Gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn cunntachail a thaobh adhartais, tha sinn air gealltainn aithisg sgrùdaidh is measaidh fhoillseachadh a' coimhead air an ùine gu deireadh a' Mhàirt 2022, air a leantainn le aithisgean sgrùdaidh is measaidhean bliadhna bhon Mhàrt 2022, a bharrachd air a bhith ag aithris dhan Phàrlamaid gach trì bliadhna mar a dh'fheumar a rèir Achd na Còmh-dhail (Alba) 2019.

Le bhith a' libhrigeadh lèirsinn is prìomhachasan NTS2, cuiridh sinn ri bhith a' coileanadh targaidean Riaghaltas na h-Alba gus ìre bochdainn na cloinne a lughdachadh ro 2030, le targaidean eadar-amail rin coileanadh ro 2023. Cuidichidh libhrigeadh nam prìomhachasan le bhith a' coileanadh nan targaidean againn a thaobh eimiseanan gas an taigh-ghlainne, a' gabhail a-steach lùghdachadh eimiseanan gu net zero ro 2045, le targaidean eadar-amail de lughdachadh 75% ro 2030 agus lùghdachadh 90% ro 2040 ann an dòigh chothromach. Agus sinn a' dèanamh seo, cuiridh sinn cuideachd ri bhith a' coileanadh Builean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba a tha anns an Fhrèam-obrach Coileanadh Nàiseanta againn.

Chaidh obair cho-chomhairleachaidh choileanta a dhèanamh gus fiosrachadh a chumail ri NTS2. Tha sinn air togail air a' phròiseas sin agus tha sinn fhathast a' conaltradh le farsaingeachd de chom-pàirtichean bho shuidheachaidhean bailteil, dùthchail agus eileanach gus am Plana Libhrigidh seo a chur ri chèile.

Tha gnìomhan a' Phlana air an daingneachadh leis an dà chuid Rangachd an t-Siubhail Sheasmhaich agus Rangachd an Tasgaidh Sheasmhaich. Cuiridh sinn prìomhachas air coiseachd, cuibhligeadh, rothaireachd agus roghainnean còmh-dhail co-roinnte an àite a bhith a' cleachdadh chàraichean priobhaideach anns nach eil ach aon neach, a' brosnachadh dhaoine air ais gu còmh-dhail poblach às dèidh COVID-19, nuair a tha e sàbhailte agus iomchaidh sin a dhèanamh. Tha sinn cuideachd ag amas air feum air siubhal neo-sheasmhach a lùghdachadh. Tha sinn ag amas air feum nas fheàrr a dhèanamh de, agus a bhith a' cur ri, bun-structar a th' ann mar-thà mus dèan sinn tasgadh ann am bun-structar ùr. Tha prìomh fhoillseachaidhean eile air feadh Riaghaltas na h-Alba a-nis air na modhan sin a leabachadh, a' gabhail a-steach an dàrna Lèirmheas Pròiseactan Còmh-dhail Ro-innleachdail (STPR2), am Frèam-obrach Planaidh Nàiseanta (NPF4) agus am Plana Tasgadh Bun-structair (IIP).

Buaidh COVID-19

Nuair a chaidh an NTS2 fhoillseachadh sa Ghearran 2020 bha e ag aithneachadh gum feumar a chur an gnìomh ann an dòigh shùbailte gus gabhail ri fianais a tha a' nochdadh agus ag atharrachadh. Tha seo gu sònraichte buntainneach ri linn suidheachadh COVID-19 agus freagairt an Riaghaltais, agus a' bhuidh a th' air a bhith aig seo air an eaconamaidh agus comann-sòisealta againn. Tha an NTS2 fhathast dligheach mar an ro-innleachd fad-ùine againn a tha a' suidheachadh frèam-obrach airson co-dhùnaidhean air còmh-dhail ann an Alba.

Ach, feumaidh sinn cuideachd aire a thoirt dhan fhianais a tha a' tighinn am bàrr mu bhuidh COVID-19 air iarrtas is dòighean-giùlain a thaobh siubhail, agus mar a tha seo air cur ri neo-ionannachdan a bh' ann mar-thà, a' gabhail a-steach ruigsinneachd agus cosgaisean còmhdhail, gu sònraichte dhaibhsan a tha fo ana-cothrom mar-thà.

Tha cleachdadh còmhdhail phoblach sìos 20-80% a rèir modh, an coimeas ris an aon àm an-uiridh. Bidh iarrtas airson còmhdhail san àm ri teachd an urra ri giùlan agus roghainnean dhaoine agus ghnìomhachasan às dèidh a' ghalair lèir-sgaoilte. Tha tòrr mì-chinnt ann fhathast an lean na h-atharrachaidhean sealach ann an iarrtas agus dòighean-giùlain a thaobh siubhail. A rèir dàta bho Shuirbhuidh Beachdan Poblach aig Còmhdhail Alba mu ChCOVID-19 air 17 Dùbhlachd 2020, tha 46% den luchd-fhreagairt ag ràdh gun seachain iad còmhdhail poblach agus gun cleachd iad an càr aca nas trice, às dèidh a' ghalair lèir-sgaoilte, na rinn iad roimhe. Tha buaidh ro-mhòr air a bhith aig seo air roinn na còmhdhail.

Tha siostam na còmhdhail poblaich air taic ionmhasail fhaighinn air feadh nan diofar mhodhan gus leantainn orra a dh'aindeoin lùghdachadh mòr ann an àireamhan luchd-siubhail. Tha riaghaltas na h-Alba air aontachadh còrr is £500 millean de thaic a thoirt seachad am-bliadhna gu ruige seo. Tha sinn fhathast ag obair le companaidhean còmhdhail poblach gus tuigse fhaighinn air a' bhuidh leantainneach agus air an taic a dh'fhaodadh a bhith a dhith san àm ri teachd.

Anns an àm gun samhail seo, tha COVID-19 air buaidh a thoirt air ar beatha làitheil uile, a' gabhail a-steach ar bith-beò. Tha obair a' leantainn air a' Phlana Eadar-ghluasaid Còmhdhail¹ againn gus aghaidh a chur air na dùbhlain mar thoradh air COVID-19 agus gus siostam còmhdhail shàbhailte a libhrigeadh a bhios a rèir feumalachdan na dùthcha agus gus Alba a chumail a ghluasad. Innsidh am Plana Eadar-ghluasad do luchd-siubhail cuine is ciamar as urrainn dhaibh còmhdhail phoblach a chleachdadh gu sàbhailte. Cumaidh e taic ri bhith a' stiùireadh iarrtas airson siubhal, a' daingneachadh nan teachdaireachdan nas fharsainghe mu astar sòisealta agus a' cumail smachd air siubhal air nach eil feum. Cumaidh e suas atharrachaidhean adhartach ann an giùlan, a' brosnachadh roghainnean siubhail gnìomhach agus a' gabhail tursan a tha a' seachnadh nan amannan as trainge. Mu dheireadh, cumaidh e fios do luchd-siubhail agus do luchd-cleachdaidh nan rathaidean mu àiteachan agus amannan trang gus roghainnean eile a bhrosnachadh. Tha sinn cuideachd ag aithneachadh an t-suidheachaidh dhùbhланаich a tha mu choinneimh mòran luchd-fastaidh agus luchd-obrach ann an roinn na còmhdhail, agus mòran dhiubh air loidhne aghaidh na freagairt dhan ghalar lèir-sgaoilte.

A bharrachd air a bhith a' cur aghaidh air na dùbhlain, tha sinn cuideachd ag amas air togail air cuid de na h-atharrachaidhean adhartach a chunnacas ann an dòighean-giùlain a thaobh siubhail anns na beagan mhìosan a dh'fhalbh. Ged a fhuair suirbhuidh beachdan a' phobaill a-mach gu bheil 46% de dhaoine ag ràdh gun cleachd iad an càr aca nas trice às dèidh a' ghalair lèir-sgaoilte na rinn iad roimhe, tha 62% cuideachd ag aontachadh gun coisich iad agus gun cleachd iad baidhsagal barrachd.

Gu ruige seo tha a' mhaoin *Spaces for People*² air £38.97 millean a thabhann gus taic a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail gus ceuman sealach a chur an sàs a chruthaicheas cothroman coiseachd agus baidhsagal sàbhailte gus taic a chumail ri astar fiosaigeach. A bharrachd air sin, chaidh £1.5 millean a thoirt seachad tro Sgeama Càradh Baidhsagalan na h-Alba, a' tabhann £50 dhaibhsan a dh'fheumas e a airson càradh no cumail suas den a h-uile seòrsa baidhsagal agus suas ri £100 airson baidhsagalan-làimhe agus cathraichean-cuibhle làimhe³. A bharrachd air sin, tha Maoin Buileachadh Luath Prìomhachasan Bus (*Bus Priority Rapid Deployment Fund*) air £10 millean a thoirt seachad airson ceuman sealach gus prìomhachas a thoirt do bhusaichean.

¹ <https://www.transport.gov.scot/coronavirus-COVID-19/transport-transition-plan/>

² <https://www.transport.gov.scot/news/over-38-million-allocated-for-pop-up-active-travel-infrastructure/>

³ <https://www.transport.gov.scot/news/cycle-repair-scheme-launched-to-keep-scotland-peddaling/>

Gu cudromach, tha sinn cuideachd air ar dìcheall a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gu bheil na ceuman sin a' co-thaobhadh ris an NTS2, a' cruthachadh leantainneachd eadar an obair làithreach againn, an obair ath-bheothachaidh leantainneach againn agus an obair a tha san amharc againn agus a tha sinn a' deasachadh airson an àm ri teachd. Tha sinn a' coimhead nas fhaide air adhart na an galar lèir-sgaoilte le bhith a' dealbhadh phoileasaidhean a nì cinnteach gum bi ath-bheothachadh uaine ann a chuireas sinn air an t-slighe gu net zero eimiseanan de ghasaichean taigh-glainne ro 2045, agus aig an aon àm a tha a' lughdachadh neo-ionannachd, a' cur ri slàinte agus sunnd, agus a' libhrigeadh fàs eaconamach in-ghabhaltach seasmhach. Mar eisimpleir, Plana gnìomh dì-charbonachaidh nan Seirbheisean Rèile, a tha a' cur an cèill mar a bhios sinn a' dì-charbonachaidh nan seirbheisean rèile againn ro 2035. Tha sinn cuideachd air aontachadh còrr is £500 millean a cosg air bun-structar a bheir prìomhachas do bhusaichean.

Ath-bheothachadh uaine

Tha an obair againn air a co-òrdanachadh leis an eileamaid còmhhdhail den Ùrachadh air Plana Atharrachadh na Gnàth-shìde a chaidh fhoillseachadh bho chionn ghoirid, a tha a' cur an cèill phoileasaidhean àrd-amasach thar gach modh gus na targaidean againn a thaobh lughdachadh eimiseanan a choileanadh. Bheir na gnìomhan a ghabhas sinn gus net zero a libhrigeadh a' toirt cruth-atharrachadh air a' chomann-shòisealta agus air an eaconomaidh againn. Tha nàdar a' ghluasaid seo fìor chudromach: cuidichidh na ceithir prìomhachasan againn còmhla gus dèanamh cinnteach gu bheil ceuman a thaobh còmhhdhail ceart agus cothromach do na h-uile. Tha an galar lèir-sgaoilte air sealltainn mar as urrainn atharrachaidhean luath ris nach robhar an dùil a bhith a' cur ri neo-ionannachdan. Tha sinn air prionnsapalan an eadar-ghluasad chothromaich a chur aig cridhe an reachdais againn airson atharrachadh na gnàth-shìde. Tha sinn cuideachd air coimisean eadar-ghluasad cothromach a stèidheachadh gus comhairle a thoirt seachad air na cothroman is dùbhlain mu bhith a' gluasad a dh'ionnsaigh eaconomaidh net-zero. Nì e aithris do Mhinistearan na h-Alba le comhairle phractaigeach ron Mhàirt 2021.

Ach, bidh mì-chinnt ann fhathast agus sinn fhathast ag atharrachadh mar thoradh air COVID-19, agus mu dheireadh thall a' gluasad seachad air COVID-19. Tha an galar sgaoilte air duilgheadasan nach fhacas riamh roimhe adhbharachadh dhan t-siostam còmhhdhail, an dà chuid ann an Alba agus eadar Alba agus an còrr den t-saoghal, agus bheir e dùbhlain do na geallaidhean againn a thaobh còmhhdhail ann an Alba sa gheàrr-ùine.

Ach, le bhith a' cumail oirn le ar taic do chòmhhdhail air feadh na h-Alba agus le bhith a' cumail nan ceithir prìomhachasan aig NTS2 aig cridhe a' phròiseas co-dhùnaidh againn, is urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gun cruthaich sinn slighe air adhart a bhios soilleir airson a bhith a' libhrigeadh na lèirsinn againn airson còmhhdhail seasmhach, in-ghabhaltach, sàbhailte agus ruigsinneach, a tha a' cuideachadh gus Alba nas fhallaine, nas cothromaiche agus nas beartaiche a chruthachadh airson coimhearsnachdan, gnìomhachasan agus luchd-tadhail.

Tha an teachdaireachd againn soilleir gu bheil an NTS2 fhathast deatamach ann a bhith a' stiùireadh ar gnìomhan tron t-suidheachadh èiginneach seo agus às a dhèidh, cho math ri bhith a' toirt cumadh air solar còmhhdhail san àm ri teachd agus a thaobh mar a dhèiligeas sinn ri Èiginn na Gnàth-shìde, mar bhunait air am bi sinn a' dèanamh cho-dhùnaidhean agus a' libhrigeadh phoileasaidhean còmhhdhail na h-Alba san àm ri teachd. Cumaidh sinn oirn a bhith a' cur an cèill na teachdaireachd seo do luchd-amhairc air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh, tro sheanailean didseatach agus anns na meadhanan gus ceannas Riaghaltas na h-Alba a bhrosnachadh tron NTS2, a' gabhail a-steach a bhith ag ràdh gu bheil Rangachadh an t-Siubhail Sheasmhaich fhathast buntainneach agus sinn ag obair gus ath-bheothachadh uaine a bhith againn ann an Alba.

Tha am Plana a' cur air adhart nam gnìomhan a tha Riaghaltas na h-Alba agus a bhuidhnean a' toirt air adhart agus iad a' co-obrachadh le com-pàirtichean. A bharrachd air seo, is a' nochdadh na h-àireimh farsaing de chom-pàirtichean a tha ag obair gus an NTS2 a choileanadh, deasaichidh sinn sgrìobhainn còmhla ri com-pàirtichean 'Ag Obair le Com-pàirtichean' gus gnìomhan a tha air an gabhail le buidhnean nas fharsainge na Riaghaltas na h-Alba a mhineachadh agus gus cur an cèill mar a chuidicheas iad gus an co-lèirsinn againn a choileanadh.

An Lèirsinn agus na Prìomhachasan Againn

Tha ceithir Prìomhachasan mar bhunait dhan Lèirsinn againn, agus tha trì Builean co-cheangailte ri gach Prìomhachas. Tha an Lèirsinn, na Prìomhachasan agus na Builean aig cridhe NTS2 agus bidh iad mar bhunait airson nan co-dhùnaidhean agus mar a bhios sinn a' measadh soirbheas nam poileasaidhean còmhhdail ann an Alba san àm ri teachd.

An Lèirsinn againn

Gum bi siostam còmhhdail seasmhach, sàbhailte in-ghabhalach, agus ruigsinneach againn, a bhios a' cuideachadh gus Alba nas fallaine, nas cothromaiche agus nas soirbheachaile a chruthachadh airson nan coimhearsnachdan, gnìomhachasan agus luchd-tadhail againn.



A' lùghdachadh neo-ionannachd

- Bheir e ruigsinneachd chothromach dhuinn air na seirbheisean air a bheil sinn feumach
- Bidh e furasta cleachdadh airson na h-uile
- Bidh air prìs a tha reusanta dhan a h-uile duine



Gnìomhach air a' ghnàth-shìde

- Cuidichidh e sinn gus an targaid net-zero againn a choileanadh
- Bidh e a' freagarrachadh ri buaidh atharrachadh na gnàth-shìde
- Brosnaichidh e roghainnean nas uaine is nas glaine



A' cuideachadh gus fàs eaconamach seasmhach a lìbhrigeadh

- Bheir e daoine is bathar do na h-àiteachan far am feum iad a bhith
- Bidh e earbsach, èifeachdach agus aig àrd-ìre
- Cleachdaidh e tionnsgalachd a bheir deagh bhuidh



Cuiridh e ris an t-slàinte is sunnd againn

- Bidh e sàbhailte is tèarainte do na h-uile
- Bheir e cothrom dhuinn roghainnean siubhail fallain a dhèanamh
- Cuidichidh e na coimhearsnachdan againn gus a bhith nan deagh àiteachan airson fuireach annta

Figear 1: Diagram de Fhrèam-obrach Ro-innleachdail Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhhdail

Chaidh farsaingeachd de Phoileasaidhean a chruthachadh cuideachd mar phàirt de NTS2 a bhios nan dràibhear airson adhartas, agus a chuireas aghaidh air na dùbhlain, a choileanas nam Prìomhachasan agus Builean, agus a lìbhrigean an Lèirsinn. Tha Poileasaidhean nan aithris rùn àrd-ìre a tha ag amas air an Lèirsinn a choileanadh agus tha iad air an taisbeanadh gu h-ìosal fo na ceithir Prìomhachasan. Chan eil na Poileasaidhean a' buntainn ri aon Phrìomhachas a-mhàin agus cuiridh iad ri raon de

chuspairean a tha a' gearradh thairis air diofar raointean. Tha am Plana Lìbhrigidh a' mìneachadh grunn ghnìomhan gus dèiligeadh ri gach fear de na Poileasaidhean sin. Tha na gnìomhan a' gearradh thairis air diofar raointean cuideachd, a' libhrigeadh barrachd air aon Phoileasaidh agus barrachd air aon Phrìomhachas.

Bithear a' dèanamh Mheasaidhean Buaidh, leithid measaidhean Dleasanais Alba nas Cothromaiche, Measaidhean Buaidh Co-ionannachd, Measaidhean Buaidh air Còraichean agus Leas Chloinne, Measaidhean Buaidh Neo-ionannachd Slàinte aig ìre nam poileasaidhean fa leth, seach airson a' Phlana Lìbhrigidh iomlan. Tha Ughdarrasan Co-chomhairleachaidh air co-dhùnadh nach robh coltas ann gum biodh buaidhean àrainneachdail cudromach co-cheangailte ris a' Phlana Lìbhrigidh agus, mar sin, nach eil feum air Measadh Àrainneachd Ro-innleachdail. Nì sinn a' chiad ìre de Mheasadh Buaidh Gnìomhachais is Riaghlaidh agus Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eileanach air a' Phlana Lìbhrigidh.

Cumaidh sinn oirnn a' conaltradh le com-pàirtichean ann a bhith a' buileachadh a' Phlana Lìbhrigidh agus a' deasachadh na sgrìobhainn *Ag Obair le Com-pàirtichean* gus dèanamh cinnteach gun cruthaich sinn na suidheachaidhean airson siostam còmhdhail a bhith againn a tha ruigsinneach agus ag obair do dhaoine ge b' e dè na feumalachdan a th' aca.

Tha am fiosrachadh as ùire anns a' phlana cuideachd mu na trì raointean a dh'aontaich Riaghaltas na h-Alba a thoirt air adhart sa bhad anns a' cho-chomhairle air NTS2. A' Cur ri Cunntachalachd: A' Neartachadh Fianais; agus A' Stiùireadh Iartas.

A' Cur ri Cunntachalachd

Tha a' chiad Phlana Lìbhrigidh airson NTS2 a' coimhead air an àm gu deireadh a' Mhàirt 2022 agus tha sinn air aontachadh Planaichean Lìbhrigidh bliadhnaile fhoillseachadh às dèidh sin. Cruthaichidh sinn siostam còmhdhail airson Alba san àm ri teachd a' beachdachadh air riaghladh agus co-obrachadh aig ìre ionadail, roinneil agus nàiseanta.

- Tha sinn air Bòrd Lìbhrigidh NTS2 a stèidheachadh, le Rùnaire a' Caibineit airson Còmhdhail, Bun-structair agus Co-cheangailteachd sa chathair, gus àrd riochdairean a thoirt còmhla air feadh roinn na còmhdhail gus am bi iad cunntachail airson libhrigeadh soirbheachail NTS2, agus libhrigidh sinn an dàrna Plana Lìbhrigidh airson NTS2 ann an 2022
- Bidh sinn a' conaltradh leis na com-pàirtichean againn air an taobh a-muigh, a' gabhail a-steach Ughdarrasan Ionadail, Com-pàirteachasan Còmhdhail Roinneil, companaidhean còmhdhail, gnìomhachasan agus daoine fa leth air an dòigh as fheàrr gus fiosrachadh a cho-roinn, air eisimpleirean de cho-obrachadh, agus gus gnìomhan tòiseachail aontachadh mun bhunait fianais.
- Leanaidh Buidheann Lèirmheas Riaghladh is Co-obrachadh Còmhdhail air adhart leis an obair a chaidh a mhìneachadh anns an sgrùdadh Dreuchdan is Dleasanais ann an NTS2. Bidh an obair tòiseachail a' leudachadh agus ag ùrachadh a' bhunait fianais mu riaghladh agus libhrigeadh còmhdhail air feadh na dùthcha. Thèid seo a chleachdadh gus deagh chleachdadh a shoilleireachadh agus a cho-roinn ann an co-theacsa libhrigeadh na lèirsinn agus nam prìomhachasan a tha air am mìneachadh taobh a-staigh NTS2 agus ann an Ro-innleachdan Còmhdhail Roinneil is Ionadail co-cheangailte. Bidh an obair cuideachd a' fiosrachadh smaoinichadh fad-ùine mu bhith a' neartachadh na dòigh-obrach roinneil le sùil ri bhith a' cuideachadh gus builean nas fheàrr a libhrigeadh do shaoranaich agus do ghnìomhachasan.
- Cumaidh sinn na ceanglaichean againn agus an conaltradh leantainneach a' dol eadar an obair a thaobh riaghlaidh còmhdhail agus an Lèirmheas air Riaghladh Ionadail san fharsaingeachd a tha a' beachdachadh air mar a bu chòir cumhachdan agus goireasan a bhith air an roinn eadar riaghaltas nàiseanta agus ionadail agus leis na coimhearsnachdan againn

A' Neartachadh Fianais

Cumaidh sinn oirnn a' leabachadh Rangachd an t-Siubhail Sheasmhaich agus Rangachd an Tasgadh Sheasmhaich ann an co-dhùnaidhean, Stiùireadh Measaidh Còmhhdail na h-Alba (STAG) agus an dàrna Lèirmheas Pròiseactan Còmhhdail Ro-innleachdail (STPR2).

- Bidh Rangachadh an Tasgaidh Sheasmhaich aig cridhe an Fhrèam-obrach Measaidh agus aig cridhe pròiseas nan co-dhùnaidhean airson STPR2.
- Tha sinn air gabhail ri pròiseas le dà ìre airson STPR2. Ann an Ìre 1 bithear a' beachdachadh air na buaidhean aig galar lèir-sgaoilte COVID-19 agus bheir e cunntas air plana tasgaidh còmhhdail airson an ath aon gu trì bliadhna, a thèid fhoillseachadh sa gheamhradh seo. Thèid STPR2 crìochnaichte fhoillseachadh nas fhaide air adhart ann an 2021, a' cur an cèill plana tasgaidh còmhhdail airson an ath 20 bliadhna.
- Tha sinn a' cleachdadh dòigh com-pàirteachaidh co-obrachail airson STPR2, ag obair còmhla ris na deich buidhnean obrach roinneil agus raon de luchd-ùidh tro na diofar ìrean den phròiseas measaidh, agus sinn ag aithneachadh an àite dheatamaich a th' aig còmhhdail ionadail agus ceanglaichean roinneil ri soirbheachas bhailtean agus àiteachan eadar-mheasgte, a' cumail taic ri meadhan bhailtean soirbheachail, ri coimhearsnachdan tapaidh agus ri nàbachdan 20-mionaid.
- Ann an 2021/22, cuiridh sinn crìoch air deasachadh agus luachadh roghainnean agus eadar-theachdan, agus foillsichidh sinn an aithisg measaidh STPR2 agus Measadh Àrainneachd Ro-innleachdail (SEA) deireannach cho math ri bhith a' foillseachadh nan sgrìobhainnean co-cheangailte a leanas airson co-chomhairle: Measadh Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach, Measadh Buaidh Còraichean Chloinne, Measadh Buaidh Co-ionannachd agus Measaidhean Dleastanais Alba nas Cothromaiche.

Tha sinn air frèam sgrùdaidh is measaidh làidir a dhealbhadh gus coileanadh a thomhas agus gus aithris air seo agus sinn a' dèiligeadh ris na dùbhlain agus ri bhith a' coileanadh Builean NTS2 aig ìre nàiseanta, roinneil agus ionadail gu deireadh a' Mhàrt 2022, agus tha sinn air gealltainn frèaman-obrach sgrùdaidh is measaidh fhoillseachadh gach bliadhna às dèidh sin.

- Neartaichidh sinn na modhan anailis againn gus an urrainn dhuinn sgrùdadh a dhèanamh air an dàta, a tha a' sìor fhàs, gus am bi am fiosrachadh as ùire fhathast ga chleachdadh. A bharrachd air an seo, foillsichidh sinn Ro-innleachd Dàta do Chòmhhdail Alba a chuireas an cèill mar a nì sinn am feum as èifeachdaiche den dhàta a tha ri fhaighinn, a bharrachd air a bhith a' comharrachadh feumalachdan dàta san àm ri teachd.
- Ag ionnsachadh bho obair measaidh làithreach a' gabhail a-steach STPR2, a' dèiligeadh ri mì-chinnt agus a' leabachadh toraidhean NTS2 agus Rangachd an Tasgaidh Sheasmhaich, tha sinn a' leasachadh an stiùireadh measaidh agus nam pròiseasan co-dhùnaidhean againn. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith a' beachdachadh air atharrachaidhean anns an dòigh-obrach gus a' bhuidhe aig eimiseanan carbon co-cheangailte ri pròiseactan bun-structair a mheasadh, ag obair ann an co-bhonn ris an fhrèam measaidh bun-structair ùr agus Measadh Feumalachdan Bun-structair tron t-siostam air fad mar a tha air a mhìneachadh anns an Dreach Plana Tasgadh Bun-structair⁴
- Foillsichidh sinn atharrachaidhean do STAG ro dheireadh 2021


⁴ [A National Mission with Local Impact - draft infrastructure investment plan 2021-2022 to 2025-2026: consultation - gov.scot](#)

A' Stiùireadh Iarrrtas

Chan eil e na roghainn tuilleadh gun a bhith a' gabhail cheumannan gus iarrrtas airson chàraichean a chleachdadh a stiùireadh gu h-èifeachdach. Mar sin, cumaidh sinn oirnn a bhith a' rannsachadh dhòighean gus iarrrtas a stiùireadh.

- Obraichidh sinn air feadh an riaghaltais gus pasgan co-òrdanaichte de dh'eadar-theachdan poileasaidh a dheasachadh gus cilemeatairean càir a lùghdachadh 20% ro 2030. Mas e is gu bheil an galar lèir-sgaoilte air gluasad gu ìre far a bheil barrachd cinnt againn a thaobh an àm ri teachd, thèid mapa slighe fhoillseachadh gus an lùghdachadh a choileanadh ann an 2021
- Brosnaichidh sinn daoine gus còmhaidh phoblach a chleachdadh a-rithist às dèidh COVID-19 nuair a bhios seo sàbhailte is iomchaidh
- Obraichidh sinn ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan ionadail gus taic a thoirt do cheumannan gus spàs rathaid ath-riarachadh gus prìomhachas a thoirt do chòmhaidh phoblach agus siubhal gnìomhach, agus gus àiteachan pàircidh a riaghladh mar phàirt den phrògram nas fharsainghe de thasgadh stèidhichte air àite.
- Nì sinn sgrùdadh air mar as urrainn dhuinn togail air ar dòigh-obrach stèidhichte air àite, a' gabhail a-steach coincheapan, mar eisimpleir, na nàbachdan 20 mionaid, agus bheir sinn lèirmheas air adhartas agus farsaingeachd Plana Gnìomh airson Meadhan Bhailtean.
- Brosnaichidh sinn ùr-ghnàthachadh ann an suidheachaidhean àite-obrach agus ann a bhith a' cleachdadh co-ionadan obrach ionadail agus àiteachan eile
- Bheir sinn cothrom air bann-leathann fìor-luath dhan a h-uile duine ann an Alba ro dheireadh 2021
- Lìbhrigidh sinn am Frèam-obrach Planaidh Nàiseanta, a' leabachadh nan Rangachaidhean airson Siubhal Seasmhach agus airson Tasgadh Seasmhach ann an planadh leasachaidhean.

A' lùghdachadh neo-ionannachd



A' lùghdachadh neo-ionannachd

- Bheir e ruigsinneachd chothromach dhuinn air na seirbheisean air a bheil sinn feumach
- Bidh e furasta cleachdadh airson na h-uile
- Bidh air prìs a tha reusanta dhan a h-uile duine

Figear 2: Builean a thaobh lùghdachadh neo-ionannachd

Tha sinn airson gum bi Alba againn a bhios a' brosnachadh a h-uile duine airson a bhith a' co-roinn nam buannachdan bho eaconamaidh an latha an-diugh a bhios a' brosnachadh sunnd. Bidh còmhail cudromach gus sòisealtas làn in-ghabhalach a thoirt gu buil. Fhad 's a tha sinn a' brosnachadh co-ionannachd, bidh na gnìomhan againn cuideachd a' lùghdachadh bochdainn, gu sònraichte bochdainn chloinne.

AM MEASG NAM POILEASIDHEAN RO-INNLEACHDAIL, THA:

- Dèan cinnteach gum bi cothrom siubhail seasmhach, poblach agus gnìomhach air àiteachan cosnaidh, foghlaim agus trèanaidh
- Dèan cinnteach gu bheil còmhail ann an Alba ruigsinneach do na h-uile
- Thoir air falbh bacaidhean a thaobh ceangailteachd agus ruigsinneachd airson còmhail poblaich ann an Alba
- Lùghdaich na h-ana-cothroman agus eas-bhuannachdan cosgais a tha mu choinneamh choimhearsnachdan eileanach, iomallach agus dùthchail, a' gabhail a-steach a bhith a' dìon nan seirbheisean a tha ro-chudromach do choimhearsnachdan iomallach
- Thoir piseach air cothrom seasmhach air goireasan slàinte airson luchd-obrach, euslaintich agus luchd-tadhail

Nì sinn cinnteach gum bi cothrom siubhail seasmhach, poblach agus gnìomhach air àiteachan cosnaidh, foghlaim agus trèanaidh, a' gabhail a-steach a bhith com-pàirteachadh le daoine aig a bheil eòlas air neo-ionannachd còmhail, a' gabhail a-steach a bhith a' libhrigeadh ar gealltanais a bhith a' com-pàirteachadh le òigridh a thaobh còmhail san àm ri teachd.

- Gus taic a chumail ri libhrigeadh a' Phoileasaidh seo, stèidhichidh sinn Fòram airson Còmhail san Àm ri Teachd (*Future of Transport Forum*) a bhios na mheadhan air com-pàirteachadh agus leasachadh poileasaidh mu bhith a' lùghdachadh neo-ionannachd. Thèid fiosrachadh a chumail ri seo le Pannal Còmhail nan Saoranach agus Buidheann Coimhearsnachd de ghniomhachasan, riochdairean bho roinn na còmhail, Com-pàirteachasan Còmhail Roinneil, Ughdarrasan Ionadail agus acadaimigich. Thèid a' chiad choinneamh aig an Fhòram a chumail as t-Earrach 2021 agus bidh e ag aithris do Bhòrd Libhrigidh NTS2.
- Tha ar frèam-obrach airson builean siubhal gnìomhach⁵ a' dèanamh soilleir gum bu chòir cothroman air siubhal gnìomhach a bhith rim faighinn do na h-uile agus gum feum na com-pàirtichean libhrigidh againn sealltainn ann an iartasan tabhartais, mar

⁵ <https://www.transport.gov.scot/media/46400/sct09190900361.pdf>

a thathar a' coileanadh seo agus builean eile gus maoinachadh tabhartais fhaighinn. Feumaidh iad a-nis aithris air taisbeanairan suidhichte, a' sealltainn an adhartais a dh'ionnsaigh nan ceann-uidhe. Tha frèam-obrach nam builean a' tighinn fon Lèirsinn Siubhail Gnìomhach againn, a tha a' cur an cèill gun lùghdaich sinn neo-ionannachd: Thèid cothrom air obraichean, seirbheisean agus cur-seachadan a leudachadh do na h-uile - a' gabhail a-steach clann, seann daoine, daoine air a bheil ciorram agus daoine le teachd-a-steach ìosal

- Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic do chom-pàirtichean libhrigidh gus iasadan agus tabhartasan a thabhann airson e-baidhsagalan agus baidhsagalan atharraichte, a bharrachd air màl-bhaidhsagalan an-asgaidh no le subsadaidh, agus cothroman co-roinn bhaidhsagalan a' gabhail a-steach bhaidhsagalan atharraichte gus co-ionannachd ruigsinneachd air baidhsagalan a chur air adhart.
- Thèid an lèirmheas air na roghainnean, a' chosgais is na buannachdan, airson Siubhal Lasaichte a leudachadh thairis air a h-uile modh còmhdhail poblach do dhaoine fo aois 26 a chrìochnachadh san Dùbhlachd seo agus thèid na toraidhean fhoillseachadh tràth an ath-bhliadhna
- Leudaichidh sinn siubhal bus an-asgaidh do dhaoine òga fo aois 19, cho luath 's a ghabhas dèanamh ann an 2021/22, gus cuideachadh le dèiligeadh ri bochdainn agus neo-ionannachd chloinne agus gus piseach a thoirt air ruigsinneachd air foghlam, cosnadh agus trèanadh
- Tha sinn air Com-pàirteachas Òigridh is Fastadh na Còmhdhail a stèidheachadh, a tha a' toirt còmhla roinn na còmhdhail, gnìomhachasan, riaghaltas nàiseanta is ionadail, agus buidhnean sgìlean, gus fiosrachadh a chumail ri libhrigeadh NTS2.
- Aig an àm seo, tha obair a' Chom-pàirteachais ag amas air a bhith a' stèidheachadh gnìomhan poileasaidh sa bhaid air còmhdhail agus cosnadh òigridh a bheir taic do libhrigeadh brosnachaidhean Riaghaltas na h-Alba san fharsaingeachd, leithid am Misean Nàiseanta airson Obraichean agus Barantas an Duine Òig gum bi gach neach 16-24 bliadhna a dh'aois an dàrna cuid ann an obair phàighte, clàraichte ann am foghlam, an sàs ann am preantasachd no prògram trèanadh, no an sàs ann am prògram saor-thoileach foirmeil no prògram gnìomhachd le taic taobh a-staigh dà bhliadhna.

Cumaidh sinn oirnn a' beachdachadh air taic a bharrachd a tha a dhìth airson còmhdhail poblach agus cumaidh sinn seo fo sgrùdadh mar thoradh air a' mhì-chinnt agus na dùbhlain eile a tha an cois COVID-19.

- Tha seo a' gabhail a-steach taic airson seirbheisean bus, a bharrachd air an taic nas sònraichte a tha air a toirt seachad le ùghdarrasan ionadail agus Com-pàirteachasan Còmhdhail Roinneil (RTPan), agus a' togail air Tabhartas Luchd-ruith Seirbheisean Bus agus Tabhartasan Taic COVID-19, a chaidh a chleachdadh gus taic a thoirt do sheirbheisean tron ghalar sgaoilte.
- Tha seo cuideachd a' gabhail a-steach taic do rèile aotrom. Cumaidh Còmhdhail Alba orra le conaltradh le Subway Ghlaschu agus Tramaichean Dhùn Èideann gus na buidhean leantainneach agus taic a bharrachd a dh'fhaodadh a bhith a dhìth a thuigsinn.
- Beachdaichidh sinn cuideachd air taic a bharrachd a tha a dhìth airson rèile. Tha Aontaidhean Ceuman Èiginneach (*Emergency Measures Agreements* - EMAs) an sàs mar-thà do cheudan ruith ScotRail agus Caledonian Sleeper.
- Cumaidh sinn oirnn a' dèanamh chùmhnanntan gu bheil comais-lìonaidh iomchaidh air lìonraidhean aiseig Chluaidh is Innse Gall agus nan Eileanan a Tuath, a' dèanamh cinnteach gun gabh astair fiosaigeach a chumail an àirde fhad 's a tha sinn a' coileanadh iarrtas luchd-siubhail.
- Beachdaichidh sinn air feumalachdan taic a bharrachd airson slighean plèana eileanach, a' gabhail a-steach slighe Ghlaschu-Beinn na Faoghla, a tha a' faighinn subsadaidh mar-thà.

Nì sinn cinnteach gu bheil còmh-dhail ann an Alba ruigsinneach do na h-uile. Cuiridh sinn taic ri buileachadh, ath-sgrùdadh agus leasachadh Frèam Siubhail Ruigsinneach na h-Alba. Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic do dh'Ùghdarrasan Ionadail le bhith a' libhrigeadh is a' leasachadh Sgeama nam Baidseachan Gorma.

- Tha sinn ag obair a dh'ionnsaigh bogadh bog de Chairt Eucoir Gràin as t-Earrach 2021. Brosnaichidh seo solaraichean còmh-dhail (tar-mhòdhach - bus, rèile, aiseagan), buill den phoball agus seirbheisean eile gus taic a chumail ri neoni-fulangas airson gach seòrsa eucoir gràin air còmh-dhail poblach
- Tha sinn a' libhrigeadh agus a' comasachadh tachartasan co-chomhairleachaidh cuspaireil gus beachdan luchd-ùidh fhaighinn air cùisean ruigsinneachd gus fiosrachadh a chumail ri prìomhachasan an dà chuid airson Còmh-dhail Alba san fharsaingeachd agus airson Plana Libhrigidh Frèam Siubhail Ruigsinneach airson 2021/2022. Tha dùbhlain ùra air nochdadh, agus ged a tha na prìomhachasan a chomharraich sinn le daoine air a bheil ciorram ron ghalar lèir-sgaoilte fhathast cudromach, chan iad sin na cùisean as motha a tha romhainn an-dràsta.
- Tha sinn ag obair gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine air a bheil ciorram air cairt taic nàiseanta èifeachdach airson gach modh còmh-dhail, tro bhith ag obair le prìomh sholaraichean còmh-dhail agus luchd-ùidh gus sgrùdadh a dhèanamh air mar as urrainnear a' chairt Thistle Assistance a thoirt a-steach do na pròiseasan a th' aca gus mothachadh agus tuigse a thogail mu na cùisean ruigsinneachd a tha mu choinneamh chustamairean. Mar fhreagairt air galar lèir-sgaoilte COVID-19 chaidh a' chairt Thistle Assistance atharrachadh gu sgiobalta gus teachdaireachd saoradh a thoirt dhaibhsan nach urrainn còmh-dhail aghaidh a bhith orra air còmh-dhail poblach.
- Cumaidh sinn oirnn ag obair le ScotRail, a' stiùireadh atharrachadh air an ùine a tha riatanach gus taic luchd-siubhail a chur air dòigh a lùghdachadh bho dhà uair a thìde gu uair a thìde as t-Earrach 2021, leis a' chòrr den RA a' gluasad gu sia uairean a thìde gus taic a chur air dòigh. A bharrachd air sin chaidh pasgan "turn up and go" aontachadh gu foirmeil cuideachd a tha a' mineachadh gu soilleir dè a bu chòir do chustamairean dèanamh agus na bu chòir dhaibh a bhith a dùileachachadh mura h-eil iad air àite a ghleidheadh ro-làimh. Bidh àiteachan coinneachaidh ainmichte ùra ann cuideachd, a bhios air an comharrachadh gu soilleir aig a h-uile stèisean, a' toirt barrachd misneachd do luchd-siubhail air a bheil ciorram nuair a bhios iad a' siubhal

Bheir sinn air falbh bacaidhean a thaobh ceangailteachd agus ruigsinneachd na còmh-dhail poblaich ann an Alba

- Thug Achd na Còmh-dhail (Alba) 2019 roghainnean do dh'ùghdarrasan còmh-dhail ionadail buaidh agus piseach a thoirt air seirbheisean bus san sgìre aca, ge b' e a bheil iad airson obair com-pàirteachais, siostam ceadachd ionadail no na busaichean aca fhèin a ruith. Obraichidh sinn le ùghdarrasan còmh-dhail ionadail agus buidhnean eile gus riaghailtean agus stiùireadh a dheasachadh gus taic a chumail ri cur an gnìomh na h-Achd.
- Bheir STPR2 bunait fianais seachad airson co-dhùnaidhean tasgaidh san àm ri teachd air bacaidhean fiosaigeach a thaobh ruigsinneachd air còmh-dhail poblach aig ionadan-iomlaid còmh-dhail, stèiseanan agus termini. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach a bhith a' cruthachadh stiùireadh air deagh chleachdadh air a bhith a' cruthachadh co-ionadan siubhail, a' cleachdadh eòlas bhon Roinn-Eòrpa agus àiteachan eile.
- Tha na toraidhean tòiseachail bhon aithisg eadar-amail air a' Mheasadh Buaidh Co-ionannachd air Plana Eadar-ghluasaid na Còmh-dhail a' sealltainn gu bheil buaidh neo-chothromach air a bhith aig a' ghalar sgaoilte a thaobh gnè gu sònraichte. Bheir seo, cho math ri fianais bho Mheasaidhean Buaidh san àm ri teachd, buaidh air an obair againn air gnè is còmh-dhail. Bidh seo cuideachd a' fiosrachadh a' ghealltanais làithrich fon Phlana Gnìomh air Beàrn Tuarastail Gnè gus

beachdachadh air mar a bheir tasgadh ann am bun-structair còmhhdhail buaidh air a' bheàrn tuarastail gnè ann am measaidhean còmhhdhail

- Cumaidh sinn oirnn a' libhrigeadh a' ghealltanais ann an 'Alba nas Cothromaiche do Dhaoine air a bheil Ciorram - Plana Fastaidh'⁶ a thaobh a bhith a' dèanamh còmhhdhail nas ruigsinniche agus nas fhasa a chleachdadh airson luchd-cleachdaidh air a bheil ciorram
- Tro 2019-2024, cumaidh sinn oirnn a' cur aghaidh air ruigsinneachd air lionra rèile na h-Alba. Tha sinn air maoineachadh a thoirt seachad airson ruigsinneachd gun staidhre aig na stèiseanan rèile a leanas: Caisteal Tarraiss, an Aghaidh Mhòr, Baile Chloichridh, Inbhir Narann, Ceann a' Ghiùthsaidh. A bharrachd air seo, thathar air Network Rail fhasadh gus sgrùdaidhean comais a dhèanamh airson an dà cuid stèisean Shotts agus Coille an Daimh gus cothroman airson ruigsinneachd nas fheàrr a chomharrachadh.
- Cumaidh sinn oirnn a bhith a' toirt taic do dh'Ùrachadh an t-Subway, a bheir seachad leasachadh air so-ruigsinneachd. Libhrigidh sinn cuideachd pròiseactan leasachaidh a thaobh Bhaidseachan Gorma mar eisimpleir ath-sgrùdadh air Còd-giùlain nan ùghdarras ionadail, a' libhrigeadh eadar-ghluasad rèidh agus tèarainte gu Siostam Tèarainteachd Shòisealta ùr na h-Alba a tha fo smachd Pàrlamaid na h-Alba, a' dèanamh pileat air a bhith a' toirt seachad Baidseachan Gorma gu fèin-obrachail gu daoine aig a bheil Motor Neurone Disease, agus a' sgrùdadh comas air fuasgladh ùr-ghnàthach a lorg gus an saoradh aig daoine aig a bheil baidse ghorm bho riaghailtean Sgìre Beag-eimisein (*Low Emission Zones - LEZs*) a chur an gnìomh.
- Cumaidh sinn oirnn a bhith a' toirt seachad Sgeama Siubhail Lasaichte Nàiseanta airson daoine nas sine agus daoine air a bheil ciorram, gus còmhhdhail phoblach a dhèanamh nas fhasa agus nas ruigsinniche airson timcheall air 1.4 millean duine. Cumaidh sinn oirnn a bhith a' dèanamh ath-sgrùdadh air buannachdan an Sgeama gus dèanamh cinnteach gu bheil e a rèir feumalachdan dhaoine agus a' toirt seachad fuasgladh aig an luach as fheàrr.
- Cuiridh sinn barrachd chuaritean de Mhaoin Ruigsinneachd nan Aiseagan air bhog, ag obair le Comataidh Gluasadachd agus Ruigsinneachd na h-Alba (*Mobility and Access Committee for Scotland - MACS*) agus com-pàirtichean eile gus dèanamh cinnteach gu bheil cosg-airgid fhathast cuimsichte agus buannachdail
- Obraichidh sinn le solaraidhean so-fhastachd agus com-pàirtichean eile gus dèanamh cinnteach gu bheil taic siubhail mar phàirt den phasgan taic aca (mothachadh, ruigsinneachd agus cosgaisean ma tha feum air seo), a' gabhail a-steach a bhith a' toirt fa-near do chùisean dùthchail. Obraichidh sinn cuideachd le Buidhnean do Dhaoine air a bheil Ciorram (*Disabled Peoples' Organisations - DPOs*) gus dèanamh cinnteach gum bi iad fhathast an sàs sa chùis gus barrachd taic agus comhairle siubhail a thoirt seachad, a bharrachd air a bhith a' cur beachdan a-steach do chruthachadh siubhal ruigsinneach

Lùghdaichidh sinn na h-ana-cothroman agus eas-bhuannachdan cosgais a tha mu choinneamh choimhearsnachdan eileanach, iomallach agus dùthchail, a' gabhail a-steach a bhith a' dìon nan seirbheisean a tha ro-chudromach do choimhearsnachdan iomallach

- Nì sinn ath-sgrùdadh air an structar agus riaghladh làithreach airson solar seirbheisean aiseig, le co-dhùnaidhean agus molaidhean eadar-amail air an libhrigeadh ann an 2021 a' fiosrachadh obair ann an 2021/22
- Nì sinn ath-sgrùdadh air a' chonaltradh againn le luchd-ùidh ann an 2020/21 agus deasaichidh sinn ro-innleachd ath-leasaichte airson com-pàirteachadh luchd-ùidh nan

⁶ <https://www.gov.scot/publications/fairer-scotland-disabled-people-employment-action-plan/>

aiseagan, le gealltanais an ro-innleachd ath-sgrùdaichte a chur an gnìomh ann an 2021/22

- Cruthaichidh agus cumaidh sinn suas plana agus prògram tasgaidh fad-ùine airson aiseagan ùra agus leasachadh air puirt. Tha seo airson cur ri tapachd, earbsachd, comas agus ruigsinneachd, airson cur ri stannardachadh agus gus eimiseanan a lughdachadh gus feumalachdan nan coimhearsnachdan eileanach a choileanadh. Tha seo cuideachd gus misneachd a thoirt seachad anns a' ghealltanais leantainneach againn, le taic bho thasgadh a thathar a' moladh de co-dhiù £580 millean anns a' chòig bliadhna a tha romhainn
- Deasaichidh sinn Plana Ceangailteachd nan Eilean (*Islands Connectivity Plan - ICP*) a bhios a' dol an àite Plana nan Aiseagan 2013-22. Deasaichidh sinn amasan stèidhichte air taic ri libhrigeadh NTS2 agus Plana Nàiseanta nan Eilean, agus nì sinn molaidhean gus na h-amasan sin a choileanadh a tha a' toirt seachad luach an airgid. Bidh an ICP ceangailte gu dlùth ri builean an STPR2, gus coimhead air ceanglaichean eileanach ann an dòigh nas fharsainge le aire do phlèanaichean, aiseagan agus ceanglaichean stèidhichte, agus ri seirbheisean siubhail a tha a' ceangal ri seirbheisean siubhail eile agus ri siubhal air adhart.
- Foillsichidh sinn am measadh deireannach air faraidhean Cosgais Co-ionann ri Rathad (*Road Equivalent Tariff - RET*) agus nì sinn sgrùdadh air poileasaidh fharaidhean mar phàirt den ICP
- Mar phàirt de Phlana Nàiseanta nan Eilean, a mhaireas còig-bliadhna, nì sinn cinnteach gun tèid daingneachadh-eilein a dhèanamh air poileasaidhean, ro-innleachdan agus seirbheisean co-cheangailte ri còmhhdhail san àm ri teachd
- Cumaidh sinn oirnn a bhith a' stiùireadh chùmhnanntan airson Seirbheis Aiseagan nan Eileanan a Tuath agus Seirbheis Aiseagan Chluaidh is Innse Gall. Obraichidh sinn air an speac airson an ath chùmhnannt airson Seirbheisean Aiseag Chluaidh is Innse Gall.
- Air a mhaoineachadh le Còmhhdhail Alba, tha Aiseagan CalMac Eta a' ruith prògram *Ar Turas* gus siostam clàraidh, thiogaidean, agus siubhail ùr-nodha a libhrigeadh
- Bheir sinn air adhart grunn leasachaidhean air na prìomh rathaidean gu coimhearsnachdan iomallach air tìr-mòr, mar a tha air a mhìneachadh sa chaibideil A' Cuideachadh gus Fàs Eaconamach In-ghabhaltach a Libhrigeadh
- Nì sinn an dàrna cuairt - a' chuairt mu dheireadh - de Mhaoin Tasgadh Gluasadachd mar Sheirbheis (*Mobility as a Service - MaaS*) san Fhaoilleach 2021 a bhios, a bharrachd air na cuspairean "Dùthchail, Eileanan is Coimhearsnachdan" agus "A' dèiligeadh ri ruigsinneachd, neo-ionannachd agus gluasadachd" anns a' chiad chuairt, cuideachd a' sireadh phròiseactan a chuireas aghaidh air na cùisean a tha a' toirt buaidh air àrainneachdan bailteil, a bharrachd air fuasglaidhean còmhhdhail a thaobh COVID-19
- Cumaidh sinn suas an leudachadh a rinneadh air pròiseact eSgoil sna h-Eileanan Siar bho chionn ghoirid tron Tairgse e-Ionnsachaidh Nàiseanta againn. Tha eSgoil a' toirt comas do thidsearan leasanais a chraoladh a' cleachdadh Glow agus seirbheisean air-loidhne eile, a' lughdachadh gu mòr am feum aca a bhith a' siubhal gu eileanan eile taobh a-staigh na sgìre comhairle, agus aig an aon àm a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig gach neach-ionnsachaidh air làn churraicealam. Chaidh solar a leudachadh tron ghalar lèir-sgaoilte agus tha sinn an dùil an leudachadh seo a chumail suas san àm ri teachd.

Nì sinn cinnteach gum bi dòigh-obrach stèidhichte air co-ionannachd agus còraichean daonna aig cridhe gach pròiseas gus poileasaidh a dhèanamh.

- Tha Achd na Co-ionannachd (2010) a' toirt seachad an fhrèam-obrach laghail gus na còraichean aig daoine fa leth a dhìon agus gus co-ionannachd chothromais a thoirt air adhart. Tha Ministearan na h-Alba air na cumhachdan aca a chleachdadh gus cur ris na dìonan taobh a-staigh na h-Achd le dleastanasan sònraichte (Achd na Co-

ionannachd 2010 [Riaghailtean air Dleastanasan Sònraichte (Alba) 2012]) a' toirt air ùghdarrasan poblach clàraichte buaidh nam poileasaidhean aca a mheasadh air daoine aig a bheil co-dhiù aon de na feartan dìonte, agus gus na toraidhean fhoillseachadh

- Tro phrionnsapalan PANEL (*Participation, Accountability, Non-Discrimination, Empowerment, Legality* - Com-pàirteachadh, Cunntachalachd, A' cur an aghaidh leth-bhreith, Cumhachdachadh, Dligheachas), nì sinn cinnteach gu bheil dòigh-obrach chòraichean daonna na pàirt de bhith a' dèanamh phoileasaidhean a rèir buil an Frèam-obrach Coileanadh Nàiseanta againn: "Tha sinn a' measadh, a' dìon agus a' coileanadh chòraichean daonna agus tha sinn beò saor bho leth-bhreith

Bheir sinn air adhart pròiseact leasachaidh àrd-amasach gus buaidh agus ruigsinneachd Stadastaireachd Còmhdaidh na h-Alba, agus foillseachaidhean Rannsachadh Sòisealta is Eaconamach aig Còmhdaidh Alba a leasachadh.

- Ùraichidh sinn an làthaireachd air-loidhne againn ann an 2020/21 gus an tèid an làrach-lìn agus na meadhanan sòisealta againn ùrachadh gu cunbhalach nuair a bhios seataichean-dàta rim faighinn, le teamplaidean ath-dhealbhaichte agus innealan eadar-ghnìomhach gus prìomh fhoillseachaidhean a dhèanamh nas ruigsinniche. Nì sinn rannsachadh feuch a bheil na h-ath dhealbhaichidhean seo a rèir feumalachdan an luchd-cleachdaidh.
- Nì sinn ath-bhogadh air làrach-lìn Stadastaireachd Còmhdaidh na h-Alba, le innealan eadar-ghnìomhach gus stadastaireachd ghnàthach fhaighinn.

Bheir Riaghaltas na h-Alba piseach air cothrom seasmach air goireasan slàinte airson luchd-obrach, euslaintich agus luchd-tadhail

- Nì sinn cinnteach gum bi an t-seirbheis comhairleachaidh bhidio *Near Me*, agus a bhith a' cleachdadh coinneamhan fòn fhathast nam prìomh phàirt ann an libhrigeadh seirbheisean slàinte is cùraim às dèidh a' ghalair lèir-sgaoilte
- Leudaichidh sinn cuideachd an t-seirbheis *Near Me* gus am bi i ri faighinn taobh a-staigh cùraim sòisealta agus dachaighean cùraim, agus a nì sinn rannsachadh air cothroman a bharrachd, còmhla ri Co-chruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba (COSLA), gus an t-seirbheis a chleachdadh air feadh na roinne poblaich san fharsaingeachd
- Cuiridh am prògram slighean slàinte iomallach (*remote health pathways*) aig Riaghaltas na h-Alba ri na tha ri fhaighinn de sheirbheisean a bheir taic do dhaoine a bhith a' cleachdadh sheirbheisean bhon dachaigh no ann an suidheachadh dachaigheil. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' cumail smachd air suidheachaidhean slàinte fad-ùine, sgrùdadh air bruthadh-fala, dermatology didseatach agus taic do dhaoine a tha a' dèiligeadh ris na buaidhean fad-ùine aig COVID-19
- Bheir seo taic dhaibhsan a tha a' strì gus cothrom fhaighinn air cùram-slàinte agus a' lughdachadh an fheum air siubhal neo-sheasmach, a' cur fòcas gu sònraichte air a bheil ciorramach agus coimhearsnachdan dùthchail, far a bheil fianais ann nach eil ruigsinneachd air cùram slàinte math gu leòr aig an àm seo
- Nì sinn ath-sgrùdadh air rèiteachaidhean siubhail airson euslaintich a tha a' faighinn shochair ion-roghnach fo Sgeama Cosgaisean Siubhail nan Euslaintich a tha a' ruith air feadh na h-Alba
- Tha sinn ri conaltradh gnìomhach le buidhnean còmhdaidh coimhearsnachd, bùird slàinte NHS, Com-pàirteachasan Còmhdaidh Roinneil agus luchd-ùidh buntainneach gus cuideachadh le bhith ag ath-ghnìomhachadh sheirbheisean agus a' cur ri cunbhalachd agus planadh aonaichte airson còmhdaidh euslaintich
- Nì sinn tuilleadh sgrùdaidh le com-pàirtichean (Bùird Slàinte, Co-bhùird Amalachaidh, Seirbheis Ambaileans na h-Alba) air mar a leasaichear Còmhdaidh do Sheirbheisean Slàinte is Cùraim Shòisealta mar fhreagairt dhan mholadh a rinneadh roimhe leis an Oifis Sgrùdaidh Nàiseanta agus Comataidh Gluasadachd agus Ruigsinneachd na h-Alba (MACS) gum bu chòir piseach a thoirt air seo.

Bidh e gnìomhach air a' ghnàth-shìde



Gnìomhach air a' ghnàth-shìde

- Cuidichidh e sinn gus an targaid net-zero againn a choileanadh
- Bidh e a' freagarrachadh ri buaidh atharrachadh na gnàth-shìde
- Brosnaichidh e roghainnean nas uaine is nas glaine

Figear 3: Toraidhean a thaobh a bhith gnìomhach air a' ghnàth-shìde

Tha suidheachadh èiginneach againn air feadh na cruinne a thaobh na gnàth-shìde. Feumaidh sinn a bhith ag amas air siostam còmhdhail a bhios a' brosnachadh dhaoine gus roghainnean siubhail a dhèanamh a lùghdaicheas a' bhuidh againn air a' ghnàth-shìde againn san fhad-ùine agus a chuireas ri sunnd nan ginealach ri teachd. Feumaidh Alba gluasad a dh'ionnsaigh eaconamaidh le eimiseanan net-zero airson leas na h-àrainneachd, nan daoine, agus airson ar soirbheis fhèin san àm ri teachd.

AM MEASG NAM POILEASIDHEAN RO-INNLEACHDAIL, THA:

- Lùghdaich na h-eimiseanan aig siostam na còmhdhail gus cur an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde agus gus piseach a thoirt air càileachd an adhair
- Cùm taic ri riaghladh iarrtais gus roghainnean siubhail nas seasmhaiche a bhrosnachadh
- Cuir an comas gluasad gu dòighean còmhdhail nas seasmhaiche agus nas èifeachdaiche gu spàsail airson daoine agus còmhdhail choimeirsealta
- Dèan cinnteach gun atharraich an siostam còmhdhail againn gus dèiligeadh ris na buaidhean ris a bheilear an dùil bho atharrachadh na gnàth-shìde
- Cuir ri càileachd agus factainneachd fiosrachaidh gus an urrainn do gach duine roghainnean còmhdhail nas fheàrr a dhèanamh

Lùghdaichidh sinn na h-eimiseanan aig siostam na còmhdhail gus cur an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde agus gus piseach a thoirt air càileachd an adhair.

- Brosnaichidh sinn daoine gus còmhdhail phoblach a chleachdadh a-rithist às dèidh COVID-19 nuair a bhios seo sàbhailte is iomchaidh
- Cuiridh sinn crìoch air an dreach den 4mh tionndadh den Phlana Riaghlaidh Carboin againn ann an 2021 gus aghaidh a chur air an lorg carboin chorporra againn agus gus taic a chumail ri buileachadh targaid net zero na buidhne
- Nì sinn Lèirmheas Nàiseanta air Riaghladh Luaths gus cuideachadh le bhith a' lùghdachadh eimiseanan bho charbadan motair
- Obraichidh sinn le coimhearsnachd nan Obraichean Rathaid gus piseach a thoirt air càileachd agus riaghladh nan obraichean rathaid, le bhith ag ath-sgrùdadh is ag ùrachadh nan còdan-cleachdaidh nàiseanta. Bidh seo a' gabhail a-steach an t-Sònrachaidh airson Ath-shuidheachadh Fosglaidhean ann an Rathaidean (*Specification for the Reinstatement of Openings in Roads*) agus Còd Cleachdaidh Plana Càileachd Ath-shuidheachadh (*Reinstatement Quality Plan Code of Practice*) a tha co-cheangailte ris, a bheir a-steach fòcas ùr air

lùghdachadh eimiseanan agus air agus seasmhachd, le foillseachadh agus buileachadh a' chòd ùr a' tachairt ann an 2021/22 Cuiridh sinn taic cuideachd ris an lèirmheas air a stiùireadh le Roinn Còmh-dhail na RA (DfT) air Sàbhailteachd Obraichean Sràide agus Obraichean Rathaid ('An Leabhar Dearg'), a bharrachd air a bhith a' cur a' chòd an gnìomh airson Ùghdarrasan Obraichean Rathaid na h-Alba airson a' chiad uair, tro Achd na Còmh-dhail (Alba) 2019

- Bidh sinn a' conaltradh le eòlaichean sa ghnìomhachas gus stiùireadh a dheasachadh airson com-pàirtichean roinneil ann am prògram nan Sgìrean Cathair-bhailtean agus Aontaidhean Fàis, le fòcas air gnìomhan practaigeach a ghabhas dèanamh gus cosgaisean carbon a lùghdachadh tro chuairt-beatha iomlan a bhith a' leasachadh, solar, agus a' libhrigeadh phròiseactan tron Aonta a' gabhail a-steach phròiseactan còmh-dhail is bun-structair roinneil mòra
- Cleachdaidh sinn Co-labhairt nam Pàrtaidhean (*Conference of Parties* - COP) 26 gus cur ri conaltradh sa cho-oidhirp againn gus gluasad gu net zero agus gus ar cliù a bhrosnachadh air an àrd-ùrlar eadar-nàiseanta mar dhùthaich a tha air thoiseach air càch air atharrachadh na gnàth-shìde, ceartas sòisealta agus sunnd

Chan eil e na roghainn tuilleadh gun a bhith a' gabhail cheuman gus iarrtas airson chàraichean a chleachdadh a riaghladh gu h-èifeachdach agus mar sin, cumaidh sinn oirnn a bhith a' sireadh roghainnean èifeachdach gus iarrtas a stiùireadh.

- Obraichidh sinn air feadh an riaghaltais gus pasgan co-òrdanaichte de dh'eadar-theachdan poileasaidh a dheasachadh gus cilemeatairean càir a lughdachadh 20% ro 2030. Tha COVID-19 a' cruthachadh mì-chinnt nach beag mu threandaichean còmh-dhail san àm ri teachd agus air dòighean-giùlain, agus roghainnean obrach agus dòigh-beatha aig daoine. Mas e is gu bheil an galar lèir-sgaoilte air gluasad gu ìre far a bheil barrachd cinnt againn a thaobh an àm ri teachd, thèid mapa slighe fhoillseachadh gus an lughdachadh a choileanadh ann an 2021
- Brosnaichidh sinn daoine gus còmh-dhail phoblach a chleachdadh a-rithist às dèidh COVID-19 nuair a bhios seo sàbhailte is iomchaidh
- Obraichidh sinn ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan ionadail gus taic a thoirt do cheumannan gus spàs-rathaid ath-riarachadh agus solar pàircidh a stiùireadh mar phàirt den phrògram nas fharsainge de thasgadh stèidhichte air àite, a' cruthachadh nàbachdan 20-mionaid, ag amas air dèiligeadh ri neo-ionannachd agus sunnd a bhrosnachadh tro ruigsinneachd ionadail nas fheàrr air seirbheisean. agus cothroman, agus a bhith a' lùghdachadh iarrtas airson còmh-dhail neo-sheasmhach, agus a' lùghdachadh feum air a bhith a' cleachdadh chàraichean prìobhaideach
- Nì sinn sgrùdadh air mar as urrainn dhuinn togail air an dòigh planaidh stèidhichte air àite a th' againn - a' gabhail a-steach bun-bheachdan leithid nàbachdan 20-mionaid - air feadh nam bailtean-mòra, bailtean agus sgìrean dùthchail againn, gus am bi na h-àiteachan far a bheil sinn a' fuireach nas seasmhaiche san àm ri teachd. Tha an dòigh dealbhadh stèidhichte air àite na dòigh-obrach nas aonaichte, nas co-obrachail agus nas com-pàirtiche a thaobh seirbheisean, fearann agus togalaichean thar gach raon taobh a-staigh àite, a' comasachadh builean nas fheàrr dhan h-uile duine agus barrachd chothroman do daoine is coimhearsnachdan gus cruth a chur air am beatha fhèin.
- Tha sinn a' toirt air adhart ath-sgrùdadh co-obrachail air adhartas agus farsaingeachd Plana Gnìomh airson Meadhan Bhailtean. Tha seo a' cur cuideam air faighinn seachad air buaidh COVID-19, a bharrachd air a bhith a' coileanadh nan amasan againn a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde. Bidh toraidhean an ath-bhreithneachaidh ro-chudromach ann a bhith a' comharrachadh agus a' deasachadh ro-innleachdan airson prìomhachasan airson meadhan bhailtean, a' gabhail a-steach a bhith a' leasachadh

bun-bheachd nan nàbachdan 20-mionaid, agus a' stèidheachadh nan dòighean gus na prìomhachasan sin a libhrigeadh

- Bheir sinn air adhart riaghailtean is taic gus an urrainn do dh'ùghdarrasan ionadail sgeamaichean cisean pàircidh san àite obrach a thoirt a-steach ma thogras iad, a tha a rèir nan suidheachaidhean ionadail aca agus a tha a rèir prìomhachasan ionadail is roinneil fo Achd na Còmhdhail (Alba) 2019
- Nì sinn pìleat air prògram tro CivTech 5.0, prògram luathachaidh teicnigeach Riaghaltas na h-Alba a tha air aithneachadh gu h-eadar-nàiseanta, gus ùr-ghnàthachadh a libhrigeadh ann an suidheachaidhean àite-obrach, le cuideam air fuasglaidhean do dhùbhlain didseatach is slàinte.
- Brosnaichidh sinn ùr-ghnàthachadh agus cleachdadh co-ionadan obrach ionadail agus oifisean eile gus cur ri cothroman airson a bhith ag obair gu h-ionadail agus ann an dòigh nas sùbailte, mar phàirt de ghluasad gu àite-obrach nach eil cho meadhanaichte, a' conaltradh ris a' choimhearsnachd gnìomhachais agus a' togail air deagh chleachdadh, le ciad phileat ann an Cille Bhrìghde an Ear as t-Earrach 2021
- Bheir sinn cothrom air bann-leathann fìor-luath dhan a h-uile duine ann an Alba ro dheireadh 2021, a' lùghdachadh feum air a bhith a' siubhal airson coinneamhan aghaidh-ri-aghaidh.
- Nì sinn ath-leasachadh air planadh, a' gabhail a-steach a bhith a' libhrigeadh NPF4, a leabaicheas na Rangachaidhean Siubhail Seasmhaich agus Tasgadh Seasmhach ann am planadh leasachadh gus roghainnean siubhail nas seasmhaiche a bhrosnachadh gus iarrtas air roghainnean nach eil cho seasmhach a stiùireadh. Chaidh Aithris Seasaimh air NPF4 fhoillseachadh san t-Samhain 2020 agus tha sinn an dùil co-chomhairle fhoillseachadh air riaghailtean dealbhaidh a thaobh leasachadh as t-Earrach 2021.

Gus gluasad gu dòighean còmhdhail nas seasmhaiche agus nas èifeachdaiche gu spàsail airson daoine agus còmhdhail choimeirsealta a chur an comas, agus gus cleachdadh chàraichean a lùghdachadh, gluaisidh sinn air adhart le Maoin Com-pàirteachais nam Busaichean agus obair air mòr-rathaidean stiùirichte tha nam pàirt de chòrr is £500 a tha sinn air aontachadh a thasgadh airson prìomhachas do bhusaichean san fhad-ùine.

- Chuir sinn Maoin Com-pàirteachais nam Busaichean air bhog⁷ a bheir maoin eachadh do dh'ùghdarrasan ionadail gus bun-structar a bheir prìomhachas do bhusaichean a chruthachadh is a libhrigeadh ann an com-pàirteachadh le luchd-ruith nam busaichean thairis air an ath chòig bliadhna gus aghaidh a chur air a' bhuaidh aig dùmhachd-trafaig air seirbheisean bus air rathaidean ionadail.
- Ann an 2020/21, nì sinn ullachadh deireannach air Maoin Buileachadh Luath Prìomhachasan Bus (*Bus Priority Rapid Deployment Fund - BPRDF*) a bhios a' toirt cothrom do dh'ùghdarras còmhdhail ionadail, ann an com-pàirteachas le companaidhean bus gus dèiligeadh nas fheàrr ri suidheachadh COVID-19 agus a bhith ag ath-shlànachadh às a dhèidh.
- Nì sinn ullachadh deireannach air an Adhbhar Gnothachais mu bhith ag ath-riarachadh spàs air an rathad air pàirtean de lionra nan rathaidean-mòra timcheall air Glaschu do charbadan a tha a' giùlan tòrr dhaoine, mar eisimpleir busaichean.
- Tro STPR2, cumaidh sinn oirnn a bhith a' rannsachadh dè na h-àiteachan eile far am biodh prìomhachas do bhusaichean iomchaidh air prìomh-rathaidean agus mòr-rathaidean.

⁷ <https://www.transport.gov.scot/public-transport/buses/bus-partnership-fund/>

Obraichidh sinn le Buidheann-gnìomh Dì-charbonachadh nam Busaichean gus slighe a dhealbhadh gu cabhlach busaichean a bhios air an dì-charbonachadh gu tùr, agus gus fuasglaidhean a lorg do gach cnap-starra eile.

- Nì sinn anailis air modailean ionmhais a dh'fhaodadh a bhith ann, a' tarraing air eisimpleirean eadar-nàiseanta agus bho ghnìomhachasan eile, agus leanaidh sinn oirnn a bhith a' conaltradh thairis air roinnean bus, lùths agus ionmhais gus coimhead air mar a dh'fhaodadh batharan ionmhais taic a chumail ri bhith a' gluasad a dh'ionnsaigh busaichean gun eimiseanan ann an Alba.
- Obraichidh sinn leis na com-pàirtichean againn gus dèanamh cinnteach gum bi a' mhòr-chuid de bhusaichean a thèid a cheannach bho 2024 air adhart gun eimisean sam bith, agus bheir sinn an ceann-latha seo air adhart ma ghabhas e dèanamh.
- Bheir sinn sùil air na cosgaisean airson busaichean bataraidh-dealanach agus busaichean ceallan-connaidh haidridein air a' bhun-structar a tha a dhìth orra gus dòighean a chomharrachadh gus cosgaisean ìsleachadh.
- Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic do bhusaichean bataraidh-dealanach agus ceallan-connaidh haidridein tro na sgeamaichean subsadaidh againn, a' tasgadh £120 millean thairis air 5 bliadhna bho 2021/22

Dì-charbonaichidh sinn seirbheisean rèile na h-Alba do luchd-siubhail ro 2035, air thoiseach air 2040 a tha na targaid airson na RA

- Gus taic a chumail ris an amas seo, chuir Còmhhdail Alba plana gnìomh air bhog⁸ anns an lùthar 2020 a tha a' mìneachadh phlanaichean airson dì-charbonachadh ro 2035.
- Cuiridh sinn air adhart obair leasachadh air prìomh phròiseactan dealanachaidh (a' toirt buannachd do sheirbheisean bathair agus luchd-siubhail) agus cumaidh sinn oirnn a' coimhead air dòighean traicsean eile le cumhachd bataraidh agus haidridein, mar a bhios iomchaidh air feadh an lionra
- Bheir sinn air adhart Pròiseact na Trèana Gun Eimiseanan gus obrachadh le com-pàirtichean ann an gnìomhachas na rèile gus coimhead air roghainnean traicsein eile far nach biodh dealanachadh iomchaidh.
- Tha obair a' dol air adhart gus trèana dealanach Clas 314 aig ScotRail, a chaidh a thoirt à seirbhis, a chleachdadh gus an urrainn do sholaraichean a bhith a' feuchainn uidheamachd solar cumhachd eile a' cleachdadh dòigh traicsein eile a chleachdadh ann an trèana agus gus barrachd tuisge fhaighinn air a' phròiseas a bhios a dhìth gus trèanaichean haidridein a thoirt a-steach san àm ri teachd.

Brosnaichidh sinn còmhhdail bathair èifeachdach is seasmhach, gu sònraichte a' gluasad bho rathad gu rathad-iarainn

- Lìbhrigidh sinn an ro-innleachd againn airson bathar rèile agus cumaidh sinn oirnn ag obair le com-pàirtichean gus fàs a thoirt air bathar rèile na h-Alba, le taic bho thargaidean riaghlaidh agus plana airson fàs ann an gnìomhachas
- Gus cuideachadh gus gluasad modh a bhrosnachadh, cuidichidh a' mhaoin £25 millean sònraichte againn Maoin Ro-innleachdail Bathair na Rèile gus cothroman sònraichte a chruthachadh airson bathair rèile air feadh na h-Alba.
- Bidh sinn cuideachd a' toirt seachad maoin eachadh tro na sgeamaichean tabhartais Taic Teachd a-steach airson Gluasad Modh (*Mode Shift Revenue Support* - MSRS) agus Tabhartas Goireasan Bathair. Tha MSRS a' cumail taic ri 10 stuthan rèile ann an 2020/21, a' toirt mu 121,000 tursan làraidh bho rathaidean na h-Alba.

⁸ <https://www.transport.gov.scot/publication/rail-services-decarbonisation-action-plan/>

Obraichidh sinn gus tursan adhair sgeidealichte taobh a-staigh na h-Alba a dhì-charbonachadh ro 2040

- Tha an gealltanais ùr seo ag amas air a' chiad sgìre adhair gun eimiseanan a chruthachadh ann an com-pàirteachas le Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta (HIAL). Brosnaichidh sinn companaidhean adhair-fhànas gus deuchainnean a dhèanamh air na plèanaichean beag-eimisein agus gun eimisean ann an Alba, a' gabhail a-steach a bhith a' taisbeanadh chothroman coimeirsealta airson nan seòrsaichean soithichean-adhair seo ann an Alba ann an ro-innleachd nan seirbheisean adhair.
- Feuchaidh sinn ri cothroman obrach a chruthachadh bho na companaidhean a tha a' dèanamh deuchainnean air an t-seòrsa shoithichean-adhair seo, mar eisimpleir, le bhith gam brosnachadh gus cuid den obair aca a ghluasad a dh'Alba
- Tha sinn ag aithneachadh gum bi dòigh-obrach poileasaidh eadar-nàiseanta a dhìth airson a bhith a' lùghdachadh eimiseanan bho chòmhdhail adhair agus bho loingeas agus mar sin, cumaidh sinn oirnn a' conaltradh tro Riaghaltas na RA le Ùghdarras Itealanachd Shìobhalta Eadar-nàiseanta (International Civil Aviation Organisation - ICAO) agus le Buidheann Eadar Nàiseanta na Mara gus a' bhuidheann àrainneachdail aig còmhdhail adhair agus loingeas a lùghdachadh

Obraichidh sinn a dh'ionnsaigh a bhith a' dì-charbonachadh seirbheisean aiseig.

- Mar phàirt de Phlana Ceangailteachd nan Eilean, ni sinn rannsachadh agus co-chomhairle air slighean gu aiseagan beag-eimisein/gun eimisean, ag ionnsachadh bho na chaidh ionnsachadh ann an dùthchannan eile agus ann am modhan eile
- Bheir Prògram nan Soithichean Beaga Ùra (*Small Vessels Replacement Program*) airson lìonra Seirbheisean Aiseag Chluaidh is Innse Gall sùil air roghainnean connaidh ùra airson a bhith a' dealbhadh soithichean beag-eimisein

Cumaidh sinn taic ri dachaighean agus gnìomachasan gus gluasad gu carbadan gun eimiseanan.

- Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic do choinsumairean gus na buannachdan bho charbadan dealanach fhaighinn tron lasad airson Còmhdhail Beag-charboin (Low Carbon Transport Loan - LCTL) a tha a-nis air a leudachadh airson a bhith a' gabhail a-steach carbadan dealanach ro-chleachdte.
- Cumaidh sinn oirnn a bhith a' toirt taic ionmhasail do theaghlaichean tro Phrògram nan Àiteachan-teàirrsidh Dachaigheil⁹ a tha air a ruith leis an Energy Saving Trust, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt seachad £0.5 millean am-bliadhna gus taic a chumail ri 1600 àiteachan-teàirrsidh a chur a-steach
- Cumaidh sinn oirnn le taic do dh'ùghdarrasan ionadail gus pròiseactan ùr-ghnàthach a thoirt a-steach gus carbadan haidridean agus bataraidh-dealanach a bhrosnachadh, a' gabhail a-steach a' phrògram Switched on Towns and Cities againn, agus an obair againn le Caidreachas Cathair-bhailtean na h-Alba.
- Cumaidh sinn oirnn le obair gus riatanasan a stèidheachadh a thaobh stàladh àiteachan teàirrsidh do charbadan dealanach, no am bun-structar a tha a dhìth gus seo a dhèanamh ann an toglaichean ùra agus an fheadhainn a tha gan ath-nuadhachadh gu mòr.
- Nuair a thòisicheas Riaghaltas na h-Alba air sochairean ciorramachd a libhrigeadh ann an Alba, feumaidh roghainn de charbad dealanach a bhith aig Sgeama nan Carbadan agus Uidheamachd Ruigsinneach do dhaoine ion-

⁹ <https://energysavingtrust.org.uk/travel/financial-support/grants-and-loans/>

roghnach air a bheil ciorram, le teirmichean a bhios a cheart cho fàbharach ris an fheadhainn airson carbadan peatral no dìosail.

- Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic do dhòighean-obrach ùr-ghnàthach ann an dealbhadh àiteachan-teàirrdsidh do charbadan dealanach, a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh cinnteach gun urrainn dhan a h-uile duine a bhith a' gabhail pàirt tro 'Can do Scotland'¹⁰ gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhan a h-uile duine, a' gabhail a-steach an fheadhainn le trioblaidean gluasaid no ciorraman eile cothrom fhaighinn air teàirrdseadh charbadan dealanach gu furasta.
- Cuiridh sinn fòcas a bharrachd air goireasan teàirrdseadh Charbadan Dealanach gus am bi carbadan dealanach a' neartachadh, seach a bhith a' cur an aghaidh còmhail phoblach.
- Còmhla ri Solarachadh Alba agus Scottish Futures Trust, cuiridh sinn dòighean ùr-ghnàthach air dòigh gus tasgadh ann an carbadan gun eimiseanan tron roinn phoblaich air sgèile mhòr, agus leudachaidh cothroman gus tasgadh coimeirsealta fhaighinn tro bhith a' togail barrachd fèill air goireasan, carbadan agus bun-structar.

Cumaidh sinn taic ri tasgadh san lìonra teàirrdsidh a tha air a cho-òrdanachadh gu ro-innleachdail agus tha a' cur an comas buannachdan agus èifeachdas nas motha anns na siostaman lùths is còmhail

- Tron taic a bheir sinn do dh'ùghdarrasan ionadail agus gnìomhachasan, cumaidh sinn oirn a bhith a' leudachadh agus a leasachadh lìonra ChargePlace Alba, aig am bi còrr is 2000 teàirrdsearan ron Ghiblean 2022.
- A' togail air a' cho-obrachadh gun samhail aig Còmhail Alba le companaidhean lìonra lùths na h-Alba, cumaidh sinn oirnn a bhith a' taisbeanadh dhòighean ùra gus bun-structar teàirrdsidh airson carbadan dealanach a mhaoineachadh is a libhrigeadh, le cuideam a bharrachd air cothroman tasgaidh coimeirsealta.
- Nì sinn obair com-pàirteachaidh nach beag air modailean tasgaidh is libhrigidh gus taic a chumail ri fàs ann teàirrdseadh poblach do charbadan dealanach, a' gabhail a-steach ChargePlace Scotland.
- Cuiridh sinn cùmhnant ùr air dòigh gus ChargePlace Scotland¹¹ a ruith.
- obraichidh sinn tro na roinnean lùths, ionmhais agus carbadan gus taic a chumail ri lèirsinn na h-Alba airson haidridean, mar a tha air a mhìneachadh ann an aithris Poileasaidh Haidridein
- Foillsichidh sinn frèam-obrach (ro 2022) gus bun-structar a chur an comas agus a libhrigeadh mar bhun-stèidh dhan ghluasad gus siostam còmhail gun eimiseanan do dh'Alba.

Nì sinn cinnteach gun atharraich an siostam còmhail againn gus dèiligeadh ris na buaidhean ris a bheilear an dùil bho atharrachadh na gnàth-shìde

- Deasaichidh sinn agus foillsichidh sinn Plana Freagarrachaidh Atharrachadh na Gnàth-shìde aig Còmhail Alba, le fòcas sònraichte air na cunnartan mar atharrachaidhean air aimsir mar thoradh air atharrachadh na gnàth-shìde.
- Cumaidh sinn oirnn a bhith a' stèidheachadh deagh chleachdaidhean freagarrachaidh, le sùil ri bhith a' cumail taic ris na toraidhean co-cheangailte ris an dàrna Prògram Freagarrachaidh Atharrachadh na Gnàth-shìde airson Alba.
- Stèidhichidh sinn Buidheann nan Àiteachan So-mhillidh (Vulnerable Locations Group) taobh a-staigh na buidhne gus na gnìomhan anns an aithisg againn:

¹⁰ <https://cando.scot/>

¹¹ <https://chargeplacescotland.org/>

Flooding Next Steps a thoirt air adhart agus gus taic a chumail ri dèiligeadh ri maoimean-slèibhe air Lìonra nam Prìomh-rathaidean.

Cuiridh sinn ri càileachd agus factainneachd an fhiosrachaidh agus siostaman bathair-bog gus an urrainn do gach duine roghainnean còmhail nas fheàrr a dhèanamh.

- Cuiridh sinn na ciad phìolatan againn air dòigh gus deuchainn phrataigeach a dhèanamh air Gluasadachd mar Sheirbheis (*Mobility as a Service* - MaaS)¹² ann an 2021, a tha stèidhichte air a' bheachd gur dòcha gum bi daoine nas buailtiche a bhith a' cleachdadh dhòighean siubhail seasmhach ma tha cothrom furasta, didseatach aca air fiosrachadh siubhail a tha ag innse dhaibh mu bhuidh charbonach an turais aca agus tha gam brosnachadh a-mach às na càraichean prìobhaideach aca
- Ann an 2021/22, nì sinn ath-sgrùdadh agus cruthaichidh sinn chùmhnannt airson an ath ghinealach de Sheirbheisean Fiosrachaidh Dàta Siubhail gus barrachd mion-fhiosrachaidh a thoirt seachad airson seirbheisean planadh siubhail, leithid Traveline Scotland, airson a bhith a' gabhail a-steach fharaidhean, clàran-ama, slighean, seirbheisean agus fiosrachadh mu àiteachan ann am fìor-ùine. Bidh sinn ag obair còmhla ri seirbheisean fiosrachaidh siubhal didseatach, mar eisimpleir Traveline Alba, gus na h-ìrean ruigsinneachd as àirde a choileanadh gus in-ghabhaltas a bhrosnachadh do na h-uile
- Cumaidh sinn oirnn ag obair le Com-pàirteachasan Còmhail Roinneil, ùghdarrasan ionadail agus companaidhean bhuisaichean gus buaidh COVID-19 a lasachadh, le fiosrachadh mu na tha ri fhaighinn de shuidheachain air bòrd, agus tron Mhaoin Tabhartas Pàigheadh Tapaidh againn, bheir sinn taic do chompanaidhean bus gus bathar-bog a chur a-steach gus gabhail ri pàigheadh contactless air bòrd
- Beachdaichidh sinn air roghainnean a thaobh mar a ghabhadh stòrasan rèile a chleachdadh gus taic a thoirt do cheangailteachd dhidseatach le sgaoileadh nas fheàrr de sheirbheisean bann-leathann agus tele-chonaltradh so-ghluasadach airson leas an luchd-siubhail agus coimhearsnachdan a tha a' fuireach faisg air an rathad-iarainn
- Ann an 2021, cuiridh sinn air adhart ceuman a thaobh tiocaidean tapaidh agus dàta fosgailte, mar a chaidh a chur an cèill ann an Achd na Còmhail (Alba) 2019, a' gabhail a-steach a bhith a' stèidheachadh Bòrd Comhairleachaidh Nàiseanta nan Tiocaidean Tapaidh (*National Smart Ticketing Advisory Board* - NSTAB) agus a' cumail co-chomhairle mu sholar dàta fosgailte

¹² <https://www.transport.gov.scot/our-approach/mobility-as-a-service/>

A' cuideachadh gus fàs eaconamach in-ghabhalach a libhrigeadh



A' cuideachadh gus fàs eaconamach seasmhach a libhrigeadh

- Bheir e daoine is bathar do na h-àiteachan far am feum iad a bhith
- Bidh e earbsach, èifeachdach agus aig àrd-ìre
- Cleachdaidh e tionnsgalachd a bheir deagh bhuidh

Figear 4: Toraidhean a thaobh a bhith a' cuideachadh gus fàs eaconamach seasmhach a libhrigeadh

Tha pàirt chudromach aig an t-siostam chòmhdhail ann an soirbheas eaconamaidh na h-Alba agus a' dèanamh cinnteach gu bheil ceangailteachd roinneil ann. Tha e a' toirt cothrom do dhaoine a dhol a dh'obair agus a' dèanamh cinnteach gun urrainn do chompanaidhean am bathar a thoirt do mhargaidhean ann an Alba agus nas fhaide air falbh. Tha e na fhactar cudromach a thaobh farpaiseachd na h-Alba, agus e a' toirt buaidh air tarbhachd ar luchd-obrach agus èifeachdas ghnìomhachasan. Ma tha Alba gu bhith soirbheachail, feumaidh siostam còmhdhail èifeachdach a bhith aice

AM MEASG NAM POILEASIDHEAN RO-INNLEACHDAIL, THA:

- Cuir ri seasmhachd siostam còmhdhail na h-Alba an aghaidh mì-rian agus brosnachaidh cultar de dhleasan coitcheann
- Cuir ri cleachdadh stiùireadh stòrasan air feadh an t-siostaim siubhail
- Thoir seachad siostam còmhdhail a bhios a' toirt cothrom do ghnìomhachasan a bhith farpaiseach aig baile, taobh a-staigh na RA agus gu h-eadar-nàiseanta.
- Dèan cinnteach gu bheil slighean a-steach gu agus bho mhargaidhean eadar-nàiseanta seasmhach agus air an amalachadh a-steach do na lìonraidhean còmhdhail nas fharsainghe gus daoine a bhrosnachadh a bhith a' fuireach, a bhith nan oileanaich, a bhith a' tadhal air agus a' tasgadh ann an Alba
- Cùm taic ri Alba sna h-oidhirpean aice airson a bhith air thoiseach air càch sa mhargaid a thaobh leasachadh agus tràth-ghabhail ri deagh thionnsgalachd ann an còmhdhail
- Coinnich ris na h-iarrtas atharrachaidh aig ghnìomhachas na còmhdhail a thaobh fastadh is siubhail agus gus sgilean an luchd-obrach àrdachadh.
- Amalaich còmhdhail agus poileasaidhean bun-structar nas fharsainghe, a' gabhail a-steach didseatach agus lùths, gus buannachdan nas motha fhaighinn

Tro Bhuidheann-gnìomh Ath-bheothachaidh na Rèile, tha sinn a' dèanamh ath-sgrùdadh air seirbheisean rèile gus am bi comas-làimhseachaidh a rèir iarrtas às dèidh nam bacaidhean a dh'adhbharaich COVID-19.

- A rèir poileasaidh air COVID-19 air feadh na dùthcha agus aithris a' Phrìomh Mhinistear air 7 Dàmhair 2020, atharrachaidh ScotRail na seirbheisean aige bho chlàr-ama na Dùbhlachd gus am bi e a rèir an ìre fìor lùghdaichte dh'iarrtas. Bidh atharrachaidhean ad hoc eile ann ro cheann-latha atharrachaidh a' chlàr-ama san Dùbhlachd gus ana-caitheamh agus cosgaisean a lùghdachadh far nach bi mòran buaidh no buaidh sam bith air custamairean

- Tha sinn ag obair còmhla ri ScotRail gus cothroman a chomharrachadh a ghabhas a chur air dòigh aig an àm cheart gus leigeil leis an Riaghaltas an ìre làithreach de thaic ionmhasail a lùghdachadh.
- Tha cead-ruith ScotRail gu bhith a' tighinn gu crìch sa Mhàrt 2022. Bheir seo barrachd sùbailteachd do Mhinistearan na h-Alba a bhith a' gluasad air adhart le tuisge nas fheàrr air cuingealachaidhean ionmhais ro ChCOVID-19.
- Gus cuideachadh leis an ath-bheothachadh, tha sinn ag obair gu dlùth ri Network Rail, Riaghaltas na RA agus gnìomhachas bathar na rèile gus cothroman airson bathair rèile a mheudachadh. Tha sinn a' feuchainn ri togail air na h-atharraichean bho thràth ann an lèir-sgaoileadh a' ghalair, nuair a bha nas lugha de sheirbheisean do luchd-siubhail air an lionra, a' gabhail a-steach a bhith a' ruith thrèanaichean nas fhaide gus iarrtas a choileanadh agus gus a bhith nas èifeachdaiche
- Tha sinn air aontachadh leis a' ghnìomhachas gun "tog sinn cùisean air ais nas fheàrr na bha iad roimhe" gus dèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean rèile a rèir iarrtais, gu bheil iad ath-leumach agus gu bheil iad a' coileanadh dhan ìre as fheàrr do mhuintir na h-Alba.

Gabhaidh sinn ceuman gus cur ri ath-leumachd an lionra rèile.

- Nì sinn cinnteach gun tèid Portfolio Leasachaidhean Rèile na h-Alba a dheasachadh agus a libhrigeadh gu soirbheachail, a' gabhail a-steach a bhith a' stiùireadh Buidseat Leasachaidh na Rèile gu h-èifeachdach agus prìomh ath-nuadhachaidhean ro-innleachdail air feadh lionra rèile na h-Alba
- Nì sinn tasgadh de chòrr is £3.8 billean ann an obrachadh, càradh agus ùrachadh seasmhach de lionra rèile a tha a' coileanadh aig àrd-ìre airson luchd-siubhail agus airson bathair.
- Libhrigidh sinn seirbheisean rèile a tha air an leasachadh gu mòr agus ruigsinneachd nas fheàrr do stèiseanan eadar Cille Bhrìghde an Ear agus Glaschu, agus Obar Dheathain gu Meadhan na h-Alba, gus coinneachadh ris an iarrtas a tha a' sìor fhàs, barrachd cleachdaidh a bhrosnachadh agus seirbheisean luchd-siubhail is bathar rèile a dhi-charbonachadh

Gabhaidh sinn ceuman gus cur ri ath-leumachd lionra nan rathaidean.

- Dealbhadh agus libhrigidh sinn am prògram de phròiseactan leasachaidh prìomh rathaidean a tha sinn air gealltainn mar-thà, a' toirt taic sheasmhach do dh'eaconamaidhean ionadail agus roinneil
- Cumaidh sinn oirnn le libhrigeadh prògram Dùblachaidh an A9 eadar Peairt is Inbhir Nis, agus prògram Dùblachaidh an A96 eadar Inbhir Nis agus Obar Dheathain
- Cuiridh sinn air adhart obair ullachaidh agus pròiseasan ùghdarachaidh reachdail airson grunn sgeamaichean airson prìomh rathaidean, a' gabhail a-steach Leasachadh Tairbeart Loch Laomainn - Inbhir Àirnein air an A82, Leasachadh Ceann-rathaid Sheriffhall air an A720, Leasachaidhean ann am Beithe air an A737, Leasachadh Ceann-rathaid Eaglais Labhrainn air an A90/A937, Leasachaidhean air Ceann-rathaid an Longman air an A9/A82 agus sgeama A9/A96 bho na h-Innseagan gu Baile a' Ghobhainn
- Cuiridh sinn molaidhean air adhart airson fuasgladh maireannach airson dèiligeadh ri cunnartan maoim-slèibhe air an Rest and Be Thankful (A83).
- Cumaidh sinn oirnn a' cur air adhart obair togail air A77 Seach-rathad Maybole agus air Leasachadh A92/A96 Haudagain.

Cumaidh sinn oirnn a' cumail Abellio ScotRail agus Caledonian Sleeper cunntachail airson an cuid ceadan-ruith, cho math ri network rail, ann a bhith a' coileanadh nan targaidean dùbhlanaich ach ruigsinneach againn.

- Mar thoradh air COVID-19, bidh sinn a' stiùireadh ceadan-ruith ScotRail agus Caledonian Sleeper tro Aontaidhean Ceuman Èiginneach gus an dèanamh sinn cinnteach gu bheil leantainneachd sheirbheisean ann do phrìomh luchd-obrach agus gum bi seirbheisean seasmhach.
- Bheir seo comas dhuinn gum bi leantainneachd seirbheis is cunbhalachd obrachaidh ann fhad 's a thathar ag obair a dh'ionnsaigh a bhith a' brosnachadh dhaoine a thighinn air ais air còmhhdhail phoblach nuair a bhios e sàbhailte sin a dhèanamh, a rèir comhairle an Riaghaltais

Cuidichidh Canàlan na h-Alba gus dèanamh cinnteach gu bheil iad ath-leumach sa ghluasad aca bho chorporaid phoblach gu buidheann phoblach neo-roinneil.

- Gus taic a thoirt dhan amas seo, cuidichidh sinn le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil buidseat gu leòr aig a' bhuidhinn gus prìomh obair agus phròiseactan a dhèanamh far a bheil gealltanais laghail ann
- Obraichidh sinn leis a' bhòrd gus dèanamh cinnteach gun toirear prìomhachas maoineachaidh do phrìomh obair na buidhne agus gu bheil sgrùdadh nas dlùithe ann air riosgan aig pròiseactan coimeirsealta agus pròiseactan gus teachd-a-steach a thogail
- Feuchaidh sinn ri togail air an taic a bharrachd a tha sinn air toirt seachad airson obraichean bun-structair. Cuidichidh seo a' bhuidheann leis an ro-innleachd stiùireadh stòrasan aca agus ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil lionra nan canàlan fhathast ann do luchd-cleachdaidh agus gu bheil e ath-leumach a thaobh buaidh atharrachadh na gnàth-shìde.

Cuiridh sinn ri cleachdadh stiùireadh stòrasan air feadh an t-siostaim siubhail

- Cuiridh sinn crìoch air obair càraidh is ùrachaidh, obair neartachaidh is obair ath-leasachaidh air drochaidean lionra, drochaidean mòra agus drochaidean ro-innleachdail mòra, a' gabhail a-steach conaltradh iomchaidh agus èifeachdach le luchd-ùidh
- Anns an dreachd Plana Tasgaidh Bun-structair tha sinn air gealltainn tasgadh a dhùblachadh ann an cumail suas dhrochaidean is rathaidean le prògram de mu £1.5 billean thar còig bliadhna gus càradh structarail a bhrosnachadh agus gus an lionra a neartachadh.
- Lìbhrigidh sinn ceuman lasachaidh cunnairt air an A83 Rest and Be Thankful, agus stiùiridh sinn coileanadh chompanaidhean obrachaidh, cunnradairan obrach, luchd-ceadachaidh agus a' Bhuidheann Sgrùdaidh Coileanaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil dleastanasan cùmhnantail air an coileanadh agus gu bheil leas an luchd-ùidh air a dhìon
- Nì sinn planadh agus freagraidh sinn gu h-èifeachdach do dhùbhlain a thaobh ath-leumachd a bheir buaidh air lionra nàiseanta na còmhhdhail, agus cumaidh sinn taic ri tachartasan poblach mòra gus dèanamh cinnteach gu bheil na planaichean còmhhdhail aca math agus gu bheil iad air an lìbhrigeadh gu math. Cumaidh sinn sùil air na dòighean anns a bheil tachartasan ag atharrachadh air sgàth COVID-19 agus mar a dh'fhaodadh seo buaidh a thoirt air an lionra còmhhdhail ann an diofar dhòighean bho thachartasan traidiseanta
- Cumaidh sinn oirnn a' tasgadh ann an cumail suas aiseagan Chluaidh is Innse Gall, agus nan Eilean a Tuath, a bharrachd air a' phrògram againn gus aiseagan ùra a

thogail. Bheir sinn sùil air a' chomas airson a bhith a' leudachadh beatha-obrach nan aiseagan mar phàirt den phlana stiùireadh stòrasan againn

- Bidh stiùireadh stòrasan a' planadh tasgaidh a rèir Rangachadh an Tasgaidh Sheasmhaich mar a tha e air a mhìneachadh ann an NTS2. Còmhla ri iomairtean cuimsichte gus comas a mheudachadh, obraichidh sinn le coimhearsnachdan, gnìomhachasan agus companaidhean aiseig gus dòighean a sgrùdadh gus feum nas fheàrr a dhèanamh de chomas-làimhseachaidh nan aiseag do dhaoine, carbadan agus bathar, agus gus cothroman siubhail nas seasmhaiche a chur an comas
- Comharrachaidh sinn talamh no toglaichean rèile nach eil gan cleachdadh gu leòr no nach eil gan cleachdadh idir agus broснаichidh sinn iomairtean no coimhearsnachdan ionadail a bhith gan cleachdadh.
- Feuchaidh sinn ri cothroman a chomharrachadh airson uchd-mhacachadh stèisein agus Com-pàirteachasan Rèile Coimhearsnachd air an loidhne.
- Feuchaidh sinn ri piseach a thoirt air stiùireadh agus càileachd nan obraichean rathaid, tro sponsaireachd leantainneach de Choimiseanair Obraichean Rathaid na h-Alba (*Scottish Road Works Commissioner* - SRWC). Ann an 2021/22 builichidh sinn luchd-sgrùdaidh SRWC air taobh a-staigh a' bhuidseit, agus cuiridh sinn crìoch air an aonta frèam-obrach ùr eadar SRWC agus Còmhdhail Alba. Cuiridh sinn Achd na Còmhdhail (Alba) 2019 an gnìomh, a' gabhail a-steach co-obrachadh le luchd-ùidh gus na ceuman a thoirt a-steach mean air mhean gu h-ìomchaidh agus gus còd sgrùdaidh SRWC a chruthachadh

Bheir sinn seachad siostam còmhdhail a bhios a' toirt cothrom do gnìomhachasan a bhith farpaiseach aig baile, taobh a-staigh na RA agus gu h-eadar-nàiseanta.

- Comhairricidh sinn cothroman gus bathar làithreach a chumail suas agus gus taic a chumail ris (alumina sa mhòr-chuid) agus gus sruthan bathair ùra a chruthachadh (m.e. fiodh agus biadh is deoch) agus beachdaichidh sinn air roghainnean gus gnìomhachasan ionadail a bhrosnachadh, tro iomairtean leithid a bhith a' cur bathar beag agus parsailean air seirbheisean luchd-siubhail.
- Comharraichidh sinn, agus broснаichidh sinn do luchd-ùidh, mar as urrainn dhan rathad-iarainn an eaconamaidh dhùthchail a chumail suas agus fàs a thoirt air, gu sònraichte a' gabhail brath air cothroman bhon leudachadh a tha san amharc air an ionad leagaidh aluiminium sa Ghearasdan
- Bidh sinn ag obair còmhla ri gnìomhachas na rèile gus cothroman a chomharrachadh, a' cleachdadh an lìonra rèile, gus buannachd a thoirt do choimhearsnachdan ionadail agus dhan eaconamaidh san fharsaingeachd, a' gabhail a-steach chothroman turasachd ann an Iar-dheas na h-Alba, mus dèan sinn conaltradh le luchd-ùidh ionadail.
- Comharraichidh sinn cothroman airson trèanaichean bathair a bhith a' dèanamh feum de chomas eaconamach is turasachd

Comharraichidh sinn cothroman gus dèanamh cinnteach gu bheil slighean a-steach gu agus bho mhargaidhean eadar-nàiseanta seasmhach agus air an amalachadh a-steach do na lìonraidhean còmhdhail nas fharsainge gus daoine a bhrosnachadh a bhith a' fuireach, a bhith nan oileanaich, a bhith a' tadhal air agus a' tasgadh ann an Alba

- Obraichidh sinn còmhla ri gnìomhachas na rèile gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air seirbheisean air trannsa rèile Taobh an Iar na Gàidhealtachd gus cothroman

leasachaidh a lorg agus gus seirbheisean rèile fhilleadh a-steach le modhan còmh-dhail eile a bharrachd air siubhal gnìomhach

- Obraichidh sinn le ar com-pàirtichean sna roinnean poblach, prìobhaideach agus san treas roinn, a' gabhail a-steach a' phrìomh bhuidheann againn co-cheangailte ri eaconamaidh an luchd-tadhail, VisitScotland gus am bi còmh-dhail a' cumail ri roinn turasachd na h-Alba.
- Cumaidh sinn oirnn ag obair ann an com-pàirteachas le VisitScotland, Leasachadh Albannach Eadar-nàiseanta agus puirt-adhair na h-Alba gus ceanglaichean airson gnìomhachas agus turasachd a thoirt air ais, a' tilleadh air ais do na h-ìrean de cheangal eadar-nàiseanta a bh' againn ann an 2019, agus sinn cuideachd ag obair gus slighean dìreach fhaighinn gus margaidhean a tha ùr no a tha a' tighinn am bàrr. Is e an t-àrd-amas a th' againn a bhith a' cuideachadh gus ceangailteachd fhaighinn air ais dhan ìre a bh' ann roimhe ach gun na h-eimiseanan bho phlèanaichean a thoirt air ais dhan ìre a bh' ann roimhe
- Cuiridh sinn fòcas an toiseach air a bhith ag ath-nuadhachadh cheanglaichean eadar Alba agus puirt-adhair mòra eadar-nàiseanta mar eisimpleir Heathrow, Amsterdam, Dubai agus Doha agus a bhith ag ath-nuadhachadh slighean dìreach gu prìomh mhargaidhean ann an Ameireaga a Tuath agus san Roinn Eòrpa
- Obraichidh sinn le VisitScotland gus Alba a chur air adhart mar àite a tha tarraingeach airson a bhith a' tadhal air, a' fuireach agus ag obair ann. Tha pàirt aig deagh cheanglaichean còmh-dhail, gu sònraichte ann an sgìrean dùthchail, ann a bhith a' toirt seo air adhart
- Ann an 2021, deasaichidh sinn co-chomhairle phoblach air an ro-innleachd againn airson seirbheisean adhair

Ullaichidh sinn airson nam buaidhean air còmh-dhail bhon RA a bhith a' fàgail an Aonaidh Eòrpaich agus bho atharrachadh bun-stèidh sam bith eile san àm ri teachd.

- Tha sinn air ath-sgrùdadh a dhèanamh air planaichean siubhail airson deireadh an àm eadar-ghluasaid, agus tha sinn air an ath-shuidheachadh, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt air adhart ionnstramaidean reachdail, a' beachdachadh air planaichean ath-leumachd còmh-dhail, agus a' cumail sùil air barganachadh eadar an RA agus an AE.
- Nì sinn rannsachadh air cùisean ris am feumar beachdachadh ann an co-theacsa atharrachadh bun-reachdail, agus air mar a dh'fhaodadh seo buaidh a thoirt air libhrigeadh còmh-dhail taobh a-staigh agus taobh a-muigh na h-Alba
- Bidh sinn a' brosnachadh, a' leasachadh, agus a' cumail suas ar làthaireachd ann am buidhnean còmh-dhail eadar-nàiseanta agus a' conaltradh gu for-ghnìomhach le buidhnean na RA gus dèanamh cinnteach gu bheil cùisean còmh-dhail na h-Alba air an aithneachadh
- Obraichidh sinn gu dlùth ri pàirtean eile de Riaghaltasan na h-Alba agus na RA agus le luchd-ùidh gus smachdan crìche buntainneach a chur an sàs nuair a bhios an RA na treas dùthaich dhan Aonadh Eòrpach
- Cumaidh sinn oirnn a' cur an comas Buidheann Logastachd is Fiosrachaidh Còmh-dhail na h-Alba (*Scottish Transport Logistics & Intelligence Group*) agus Buidheann Luchd-ùidh Crìochan na h-Alba gus cuideachadh le conaltradh agus gus aghaidh a chur ri cùisean a thig am bàrr nuair a dh'fhàgas an RA an t-Aonadh Eòrpach
- Cumaidh sinn sùil air ro-innleachd agus leasachaidhean còmh-dhail san AE gus cothroman a chomharrachadh far am faod Alba a dhol an sàs gu for-ghnìomhach anns na cùisean sin, gus an urrainn do dh'Alba cumail oirre a' cur ri sgeulachd na h-Eòrpa

Cumaidh sinn taic ri Alba sna h-oidhirpean aice airson a bhith air thoiseach air càch sa mhargaidh a thaobh leasachadh agus tràth-ghabhail ri deagh thionnsgalachd ann an còmhdhail

- Cumaidh sinn taic ri prògram Luathaichear an Haidridein ann an Oilthigh Chill Rìmhinn a tha a' ceangal ùidhean acadaimigeach, poblach agus coimeirsealta ann an leasachadh agus cleachdadh teicneòlasan agus pròiseactan haidridein
- Bheir sinn taic dhan Chom-pàirteachas Teicneòlas Lùths gus lìonra tionnsgalach ùr a stèidheachadh a bhios a' toirt acadaimigich, eòlaichean san roinn agus companaidhean còmhla gus ùr-ghnàthachas a bhrosnachadh ann an teicneòlasan gus siostam na còmhdhail a dhi-charbonachadh
- Cumaidh sinn oirnn a' cumail taic ri cruthachadh agus cleachdadh carbadan ùra gun eimiseanan agus cothroman ann an sèineachan solair na h-Alba, a' togail air soirbheas nan iomairtean bho chionn goirid air carbadan sgudail agus carbadan èiginn
- Obraichidh sinn le Zero Waste Scotland agus com-pàirtichean gus taic a chumail ri bhith a' cruthachadh shèineachan-solarachaidh seasmhach airson carbadan gun eimiseanan, a' gabhail a-steach taic do rannsachadh airson rannsachadh mu ath-chuairteachadh bhataraidhean
- Tha sinn a' gabhail pàirt ann am 'Project CAV Forth', a bhios a' taisbeanadh chomasan busaichean fèin-obrachail air slighe 14 mìle bho Fhìobh gu Dùn Èideann agus a bhios cudromach aig ìre an t-saoghail
- Foillsichidh sinn toraidhean Buidheann Comhairleachaidh Gnìomhachas Carbadan na h-Alba, a tha air prìomh dhaoine bho air feadh a' ghnìomhachais, a' ghnòthachais agus bho sgoilearachd a thoirt còmhla gus comhairle a thoirt seachad mu na ceuman a tha a dhìth gus Alba a shuidheachadh mar:
 - Cluicheadair cruinneil ann an sèineachan-solarachaidh airson gluasadachd gun eimiseanan airson carbadan sònraichte agus trom
 - Àite aig ìre an t-saoghail a thaobh eòlas air amalachadh siostaman lùths-còmhdhail
 - Ceann-uidhe cruinneil airson tionnsgalachd ann an gluasadachd seasmhach gun eimiseanan
- Obraichidh sinn le ar com-pàirtichean lomairt gus prògram obrach àrd-amasach a libhrigeadh gus ro-shealladh tasgaidh na h-Alba a leasachadh ann an teicneòlasan còmhdhail gun eimiseanan, a' gabhail a-steach prògram ùr gus fàs a thoirt air comasan saothrachaidh agus sèineachan solair na h-Alba ann an carbadan troma agus sònraichte.
- Obraichidh sinn còmhla ri Caidreachas Cathair-bhailtean na h-Alba gus plana Gnìomh Dì-charbonachaidh ùr a stèidheachadh agus a libhrigeadh, le cuideam air roghainnean solair is bun-structair mar rudan a bheir deagh bhuidh air sèineachan solair.
- Foillsichidh sinn frèam-obrach (ro 2022) gus bun-structar a chur an comas agus a libhrigeadh mar bhun-stèidh dhan ghluasad gu siostam còmhdhail gun eimiseanan do dh'Alba, a' gabhail a-steach obair le com-pàirtichean a bheir taic is brosnachadh dhan iomairt gus haidridean a chleachdadh airson còmhdhail phoblach.
- Cleachdaidh sinn an t-àite againn ann an Caidreachas Dì-charbonachaidh na Còmhdhail agus Co-bhanntachd Under2¹³ gus lìonraidhean agus com-pàirteachasan a stèidheachadh, gus Alba a chur aig fìor thoiseach nan iomairtean cruinneil a thaobh còmhdhail gun eimiseanan.

¹³ <https://www.theclimategroup.org/under2-coalition>

Coinnichidh sinn ris na h-iarrtasan atharrachail aig gnìomhachas na còmh-dhail a thaobh fastadh is siubhail agus gus sgilean an luchd-obrach àrdachadh.

- Cumaidh sinn oirnn a' togail fianais agus mothachadh mu na sgilean agus na cothroman cosnaidh a th' ann do dh'Alba agus sinn a' gluasad gu teicneòlasan ùra, gun eimiseanan, tro roinn na còmh-dhail air fad, le Carbadaan Hydrogen agus Troma againn mar phrìomhachasan dhuinn aig an àm seo.
- Ag obair còmhla ris a' Chom-pàirteachas Sgilean Lùths, Leasachadh Sgilean na h-Alba agus an Acadamaidh Sgilean aig Pàirc Ùr-ghnàthachaidh Michelin na h-Alba, bheir sinn taic do cholaistean gus trèanadh agus teisteanasan a libhrigeadh anns na sgilean a tha a dhìth gus gluasad a dh'ionnsaigh siostam còmh-dhail net zero, a' gabhail a-steach carbadaan bataraidh dealanach agus ceallan connaidh haidridein
- Bheir sinn taic do chom-pàirtichean roinneil ann am prògram nan Sgìrean Cathair-bhailtean agus Aontaidhean Fàis againn gus ceangal nas fheàrr a dhèanamh eadar gach pàirt de shiostam sgilean na h-Alba, a' gabhail a-steach ionadan foghlaim adhartach agus àrd-ìre agus Leasachadh Sgilean na h-Alba, leis na sgilean a tha a dhìth airson feumalachdan gnìomhachasan 'uaine'. Mar eisimpleir, tro Aonta Dhùn Èideann agus Ear-dheas na h-Alba, thèid farsaingeachd de chiùird agus cùrsaichean goirid a thoirt a-steach, a' gabhail a-steach còrr is 500 àiteachan air cùrsa Stàladh Uidheamachd Teàirrdseadh Charbadaan Dealanach thairis air trì bliadhna.
- Obraichidh sinn le com-pàirtichean ann an Com-pàirteachas Òigridh is Fastadh na Còmh-dhail gus beachdachadh air dòighean anns an urrainn dhuinn cur ri cothroman obrach in-ghabhalach ann an gnìomhachas na còmh-dhail. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil iad a' co-thaobhadh ri Barantas an Duine Òig agus gu sònraichte a' coimhead air dòighean anns am faodar cur ri fastadh phreantasachdan, agus cuideachd a bhith a' brosnachadh iomadachd agus a' dèiligeadh ri sgaradh dreuchdail
- Tron dòigh-obrach Obair Chothromach an Toiseach againn, cuiridh sinn slatan-tomhais obrach cothromach ri tabhartasan, maoinachadh eile agus cùmhnantan a tha air an toirt seachad le agus anns an roinn phoblaich - ag amas air cleachdaidhean obrach cothromach a bhrosnachadh air feadh an t-siostam còmh-dhail agus na margaidh obrach nas fharsainge gus taic a thoirt do dh'ath-bheothachadh agus ùrachadh eaconamach

Tha Riaghaltas na h-Alba a' ceangal poileasaidh còmh-dhail ri tasgadh didseatach nas fharsainge, le ceanglaichean didseatach aig toiseach nam planaichean againn airson ath-bheothachadh eaconamach uaine agus seasmhach, a' lughdachadh an fheum air siubhal mì-sheasmhach, a rèir Rangachd an Tasgaidh Sheasmhaich.

- Tron phrògram *Reaching 100%* (R100), tha sinn a' togail air soirbheachas prògram Alba Dhidseatach airson Bann-leathann Fìor-luath (*Digital Scotland Superfast Broadband programme* - DSSB), a' toirt seachad cothrom air astaran fìor-luath, a' gabhail a-steach cuid de na sgìrean as dùthchaile ann an Alba
- Thèid gealltanais Riaghaltas na h-Alba gus cothrom a thoirt do gach neach (100% de thogalaichean còmhnaidh agus gnìomhachais) ann an Alba air bann-leathann fìor-luath a libhrigeadh tro mheasgachadh de na trì cùmhnantan R100 luach £600 millean (Tuath, Meadhan agus Deas), an sgeama eàrlais nàiseanta againn agus còmh-dachadh coimeirsealta. Nì an sgeama eàrlas cinnteach gum bi cothrom aig a h-uile duine air astaran fìor-luath ro dheireadh 2021, agus bidh a' mhòr-chuid den obair togail ann am Meadhan is Taobh Deas na h-Alba deiseil ro dheireadh 2023
- Tha sinn ag obair gus crìoch a chur air buileachadh cùmhnant North Lot 100 le BT cho luath 's a ghabhas gus leigeil leinn cothrom air bann-leathann fìor-luath a thoirt air adhart ann an cuid de na h-àiteachan as iomallaiche ann an Alba

- Tro phrògram nan Sgìrean Cathair-bhailtean agus Aontaidhean Fàis, cumaidh sinn oirnn a' tasgadh ann am pròiseactan a leasaicheas ceanglaichean didseatach roinneil, a' gabhail a-steach a bhith a' cur a-steach bann-leathann sàr-luath anns na prìomh sgìrean bailteil ann an sgìre Tatha agus a' meudachadh libhrigeadh fàidhbear sàr-luath air trì slighean gu prìomh àiteachan cosnaidh/cur-seachad ann am Mòr-sgìre Obar Dheathain, gus sgìrean dùthchail a dhèanamh nas fharpaisiche
- Tha sinn a' tasgadh £25 millean ann am Prògram In-lionadh 4G na h-Alba gus bun-structar agus seirbheisean 4G a thoirt seachad a bhios freagarrach airson an àm ri teachd ann an suas ri 40 'làraichean bàna' ann an sgìrean dùthchail na h-Alba. Chaidh na ciad làraichean beò ann an 2020 agus tha loidhne-phìoba ann de gnìomhachaidhean gus an Ògmhios 2023.
- Libhrigidh sinn lionra nàiseanta de Cho-ionadan ùr-ghnàthachaidh 5G a bhios ag obair còmhla ri gnìomhachasan beag is meadhanach gus teicneòlas 5G a leasachadh agus a chleachdadh
- Tha sinn a' sgrùdadh am biodh e comasach buannachdan ceangailteachd co-thaobhach a thoirt do choimhearsnachdan ri taobh an rathaid-iarainn, mar phàirt de na smaointean nas fharsainge againn air cur ri ceanglaichean an lionra rèile

Tha e a' cur ris an t-Slàinte is Sunnd againn



Cuiridh e ris an t-slàinte is sunnd againn

- Bidh e sàbhailte is tèarainte do na h-uile
- Bheir e cothrom dhuinn roghainnean siubhail fallain a dhèanamh Cuidichidh e na coimhearsnachdan againn gus a bhith nan
- deagh àiteachan airson fuireach annta

Figear 5: Amasan a thaobh a bhith a' cur ris an t-Slàinte is Sunnd againn

Feumaidh an siostam còmhdhail againn a bhith sàbhailte tèarainte agus feumaidh e misneachd agus earbsa a thoirt dhan luchd-cleachdaidh gun ruig iad an cinn-ùidhe gun chunnart sam bith. Bu chòir dha cothrom a thoirt do dhaoine a bhith a' taghadh siubhal gnìomhach gus piseach a thoirt air an cuid slàinte is sunnd agus oidhirp a dhèanamh mu bhith a' lùghdachadh neo-ionannachd slàinte.

AM MEASG NAM POILEASIDHEAN RO-INNLEACHDAIL, THA:

- Thoir seachad siostam còmhdhail a bhios a' brosnachadh agus a' cur an comas roghainnean siubhail a chuireas ri slàinte is sunnd dhaoine air feadh tìr mòr na h-Alba agus nan Eileanan
- Cuir ri sàbhailteachd siostam na còmhdhail agus coilean na targaidean airson lùghdachadh bhàsan/leòntan
- Cuir ceuman an sàs a bhios a' toirt piseach air tèarainteachd ann an siostam còmhdhail na h-Alba agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil i tèarainte.
- Cùm oirnn a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil stòrasan agus seirbheisean còmhdhail a' gabhail ri Prionnsabal an Àite (*Place Principle*)
- Lùghdaich an droch bhuidh a th' aig còmhdhail air sàbhailteachd, slàinte agus sunnd dhaoine
- Leabaich a' bhuidh airson còmhdhail ann an co-dhùnidhean mu phlanadh spàsail agus cleachdadh fearainn

Maoinichidh sinn com-pàirtichean siubhal gnìomhach, a' gabhail a-steach ùghdarrasan ionadail agus Com-pàirteachasan Còmhdhail Roinneil gus pròiseactan bun-structair siubhal gnìomhach a libhrigeadh, cho math ri obair a thaobh atharrachadh giùlan seasmhach agus gnìomhach, tro na prògraman againn a tha air am maoineachadh le tabhartasan agus far a bheil na pròiseactan a rèir targaidean ann am frèam-obrach an t-siubhail ghnìomhaich.

- Tha sinn air gealltainn còrr is £500 a thoirt seachad thairis air an ath chòig bliadhna airson pròiseactan mòra, cruth-atharrachail airson bun-structar siubhal gnìomhach, cothroman air baidsgalan, agus sgeamaichean gus dòighean-giùlain atharrachadh
- A bharrachd air seo, cuiridh maoineachadh bhon Sgìre Cathair-bhaile agus bhon Aonta Fàs ri fuasglaidhean siubhail seasmhach agus gnìomhach air feadh na h-Alba

- Chaidh maoin Spaces for People a chleachdadh le ùghdarrasan Ionadail gus àite air an rathad ath-riarachadh gu sealach airson siubhal gnìomhach sàbhailte - coiseachd, cuibhligheadh agus baidhsagal, rè lèir-sgaoileadh COVID-19. Far a bheil sin iomchaidh agus le pròiseas iomchaidh, mar eisimpleir, le bhith a' toirt aire do na buaidhean air daoine air a bheil ciorram, bheir sinn taic do dh'ùghdarrasan ionadail gus bun-structar sealach a dhèanamh maireannach sa mheadhan-ùine agus san fhad-ùine
- Cumaidh sinn oirnn a' maoineachadh bun-structar siubhal gnìomhach maireannach, bho shlighean beaga gu atharrachadh aig ìre baile is baile mòr, tro mhaoin Sustrans Àiteachan airson a h-uile Duine.
- Obraichidh sinn le prògram Smarter Choices Smarter aig Paths for All (SCSO) gus dòighean-giùlain atharrachadh gus taic a chumail ri roghainnean siubhail gnìomhach agus seasmhach. Am-bliadhna, airson a' chiad uair, chaidh an SCSP a leudachadh gus taic a chumail ri daoine a bhith ag obair aig an taigh agus a bhith a' seachnadh siubhail nach eil riatanach.
- Thar beatha na h-ath Phàrlamaid, tha sinn a' gealltainn £50 millean a bharrachd do 'Mhòr-rathaidean gnìomhach' (*Active Freeways*) a bhios a' gabhail a-steach a bhith a' comharrachadh agus ag ullachadh lionra siubhal gnìomhach ro-innleachdail, gus slighean siubhail gnìomhach air leth a sholarachadh air prìomh thrannsaichean siubhail gu meadhan bhailtean is cathair-bhailtean agus prìomh nithean a tha ag adhbharachadh tursan gus coimhearsnachdan a cheangal air feadh na h-Alba.
- Cumaidh sinn taic ri libhrigeadh prògram Ath-bheothachadh Uaine nan Eilean, a' cur ri siubhal gnìomhach is seasmhach (slighean-coiseachd, slighean-baidhsagail, àiteachan teàirrdsidh do charbadan dealanach)
- Cumaidh sinn oirnn a bhith a' cumail taic ri, agus a bhith a' brosnachadh, gach seòrsa de chòmhdhail cho-roinne a' gabhail a-steach sgeamaichean co-roinn baidhsagail agus clubaichean càir tro ghrunn phrògram a chaidh maoineachadh tro thabhartasan
- Nì sinn ùrachadh air Cycling by Design ann an 2021-22. Bheir seo fiosrachadh dealbhadh do chom-pàirtichean libhrigidh agus do dh'ùghdarrasan ionadail agus iad a' cruthachadh bun-structar còmhdhail gnìomhach
- Cumaidh sinn oirnn a bhith a' maoineachadh na dreuchd mar Coimiseanair Nàisean Gnìomhach gus tagradh a dhèanamh airson, agus gus taic a chumail ris, an lèirsinn gum bi Alba na nàisean gnìomhach.
- Bheir sinn a-steach stiùireadh, a' gabhail a-steach rèiteachaidhean èigneachaidh èifeachdach, gus na h-ullachaidhean mu phàirceadh cunntachail ann an Achd Còmhdhail (Alba) 2019 a chur an sàs, gus cur às do phàirceadh mì-shòisealta air a' chabhsair agus do phàirceadh dùbailte cho fad 's as urrainn dhuinn.

Cuiridh sinn ri sàbhailteachd siostam na còmhdhail agus coileanadh sinn na targaidean airson lùghdachadh bhàsan/leòntan

- A rèir a' Phrògram Riaghlaidh 2020, foillsichidh sinn Frèam-obrach Sàbhailteachd Rathaid na h-Alba gu 2030, às dèidh co-chomhairleachadh air lèirsinn àrd-amasach làidir fad-ùine airson sàbhailteachd rathaid far nach bi bàs no droch leòn sam bith air rathaidean na h-Alba ro 2050. Leabaichidh seo an Siostam Sàbhailte, a' gabhail a-steach targaidean eadar-amail àrd-amasach gus na h-àireamhan de dhaoine a thèid a mharbhadh no a dhroch leòn air na rathaidean againn a ghearradh 50% ro 2030. Bidh fòcas às ùr aige air luchd-coiseachd agus luchd-baidhsagail, mar a chaidh

moladh le Gluasad nan Dùthchannan Aonaichte air sàbhailteachd rathaid ris an deach gabhail bho chionn ghoirid.

- Mar phàirt den Fhrèam-obrach Sàbhailteachd Rathaid gu 2030 nì sinn Lèirmheas Riaghlaidh Luaths Nàiseanta gus taic a thoirt do ghrunn phoileasaidhean a chuidicheas na builean agus na comharran nàiseanta aig an Riaghaltas a tha buntainneach dhan raon seo. Tha dràibhearain poileasaidh co-cheangailte a' gabhail a-steach sàbhailteachd rathaid agus toraidhean slàinte nas fheàrr, brosnachadh siubhal gnìomhach, maothachadh atharrachadh na gnàth-shìde, dèanamh àiteachan agus fàs eaconamach. Tha gnìomh Ro-innleachdail Sònraichte anns an Fhrèam-obrach cuideachd air Teicneòlas, a tha a' ciallachadh gun dèan sinn rannsachadh, gun cleachd sinn agus gun dèan sinn measadh airson teicneòlasan airson an cleachdadh taobh a-staigh an t-Siostam Sàbhailte, agus gum bi sinn gam brosnachadh mar a bhios iomchaidh

Cuiridh sinn ceuman an sàs a bhios a' toirt piseach air tèarainteachd ann an siostam còmhdhail na h-Alba agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil i tèarainte.

- Leanaidh sinn oirnn a' tasgadh ann an teicneòlas agus ann an cumail suas agus a' leasachadh an lìonra gus buaidh a lùghdachadh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil ath-shlànachadh ann às dèidh thachartasan.
- Cumaidh sinn oirnn a' measadh thachartasan no thubaistean còmhdhail cudromach a bheir buaidh air an lìonra còmhdhail gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn ag ionnsachadh leasan agus gu bheil deagh chleachdadh againn a tha stèidhichte air fianais
- Tha sinn fhathast a' gabhail làn-phàirt ann an Com-pàirteachasan Ath-leumachd Ionadail gus dèanamh cinnteach gu bheillear deiseil airson tachartasan a dh'fhaodadh buaidh dìreach no neo-dhireach a thoirt air an lìonra agus gu bheil taic ann airson suidheachaidhean mar seo
- Thèid Cairt nan Eucoirean Gràin a chur air bhog gu bog as t-Earrach 2021 agus broснаichidh i companaidhean còmhdhail (tar-mhodhach), buill den phoball agus seirbheisean eile gus taic a chumail ri neoni-fulangas airson gach seòrsa eucoir gràin air còmhdhail poblach

Gabhaidh sinn ceuman gus an droch bhuaidh aig còmhdhail air slàinte is sunnd a' phobail agus buaidh truailleadh air an àrainneachd a lùghdachadh.

- Cuiridh sinn Riaghailtean Sgìrean Beag-eimisein (LEZ) air beulaibh Pàrlamaid agus thèid an cur an gnìomh rè 2021, còmhla ri foillseachadh Stiùireadh LEZ, deasachadh riaghailtean Ath-thagrachd LEZ ann an 2022 fo Achd na Còmhdhail (Alba). Obraichidh sinn le ùghdarrasan gus planaichean LEZ atharrachadh gus feart a thoirt air galar-sgaoilte COVID-19.
- Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic ionmhais do dh'ùghdarrasan ionadail gus dealbhadh LEZ ullachadh, an co-bhonn ris na gnìomhachasan agus daoine fa leth air an toir buileachadh LEZ an a' bhuaidh as motha tro sgeamaichean leithid Maoin Taic LEZ agus Scottish Bus Emissions Abatement Retrofit Fund (BEAR).
- Leanaidh sinn oirnn a' dèanamh deuchainnean mothachaidh eimiseanan air-astar, deuchainnean air Siostaman Tomhais Eimiseanan So-ghiùlan (*Portable Emissions Measuring Systems* - PEMS) agus mion-sgrùdadh air telematics gus dèanamh cinnteach gu bheil an t-iar-fhiotaigeadh (retrofitting) a tha sinn a' maoineachadh a thaobh eimiseanan a' libhrigeadh lùghdachadh eimiseanan an da-rìribh.

- Tha sinn ag obair air aplacaid gus taic a chumail ris an t-saoradh aig daoine le baidsean gorma bho LEZan (mas e is gun tèid an saoradh seo aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba ann an 2021)
- Foillsichidh sinn stiùireadh ùr air tagsaidh agus tagsaidh-priobhaideach?, le fòcas air ruigsinneachd.
- Lìbhrigidh sinn na gnìomhan a chaidh a chomharrachadh ann am Plana Gnìomh Fuaim na Còmhdhail
- Togaidh sinn air riatanasan a' phoileasaidh planaidh nàiseanta agus neartaichidh sinn ar dealas a thaobh a bhith a' faighinn deagh bhuidhean airson bith-iomadachd nar n-obair uile le bhith a' cur a' Phoileasaidh Cruth-tìre lomchaidh againn (*Fitting Landscapes policy*) an sàs.

Leabaichidh Riaghaltas na h-Alba an lèirsinn, na prìomhachasan agus na builean aig NTS2, a' gabhail a-steach prionnsapal Rangachadh an Tasgaidh Sheasmhaich ann am planadh spàsail agus ann a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean mu chleachdadh fearainn.

- Leanaidh sinn oirnn le ath-leasachadh air planadh, a' gabhail a-steach a bhith a' libhrigeadh NPF4 agus a' cur an gnìomh siostam ùr de phlanaichean leasachaidh gus comharrachadh de seòrsa leasachaidh a bu chòir tachairt anns gach àite. Bidh dòigh-obrach bun-structar an toiseach aig NPF4, a' cumail taic ri bhith a' libhrigeadh sheirbheisean agus ghoireasan deatamach. Bidh an dòigh-obrach seo a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh an fheum as fheàrr de chomas-lìbhrigidh an lìonra còmhdhail làithrich agus a bhith a' cur fòcas air a bhith a' libhrigeadh còmhdhail in-ghabhalach seasmhach ann an raointean atharrachaidh
- Coimheadaidh sinn air mas as urrainn dhuinn bun-bheachdan leithid nàbachdan 20-mionaid a thoirt a-steach tro na bailtean-mòra/bailtean agus sgìrean dùthchail againn. Tha comas aig seo a bhith a' lùghdachadh feum air siubhal agus mar sin, a bhith a' lùghdachadh eimiseanan, cho math ri bhith a' cur ri ruigsinneachd in-ghabhalach a chuireas ri slàinte is sunnd nan coimhearsnachdan againn.
- Nì sinn cinnteach gu bheil an STPR2 a' co-thaobhadh ri NPF4.
- Cumaidh sinn oirnn ag ath-sgrùdadh agus a' leasachadh nan dòighean measaidh làithreach againn, cho math ris na modailean cleachdaidh fearainn agus còmhdhail againn gus taic a chumail ri siostam ùr nam planaichean leasachaidh. Thèid beachdachadh air innealan ùra gus taic a chumail ri ùghdarrasan dealbhaidh ann a bhith a' trusadh fianais, a' measadh agus a' cumail sùil air na planaichean aca. Bidh seo a rèir ùrachaidhean le STAG.
- Tòisichidh sinn air obair gus Designing Streets¹⁴, ùrachadh ann an 2021-22. Tha seo a' mìneachadh poileasaidh dealbhaidh is còmhdhail airson sràidean air nach eil ach beagan trafaig. Nì an t-ùrachadh seo cinnteach gu bheil ruigsinneachd siubhail na pàirt fhollaiseach dheth

¹⁴ <https://www.gov.scot/publications/designing-streets-policy-statement-scotland/>

Faclair

BEAR	Scottish Bus Emissions Abatement Retrofit Fund
BPRDF	Bus Priority Rapid Deployment Fund - Maoin Buileachadh Luath Prìomhachasan Bus
CAV	Connected and Autonomous Vehicle - Carbad Ceangailte is Fèin-obrachail
CCPu	Ùrachadh air Plana Atharrachadh na gnàth-shìde
COP26	Conference of the Parties 26 - Co-labhairt nam Pàrtaidhean 26
DPO	Disabled Peoples' Organisation - Buidheann do dhaoine air a bheil ciorram
DSSB	Digital Scotland Superfast Broadband programme - Prògram Alba Didseatach airson Bann-leathann Fìor-luath
EMA	Emergency Measures Agreement - Aonta Ceuman Èiginneach
EV	Electric Vehicle - Carbadan Dealanach
HIAL	Highlands and Islands Airports Limited - Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta
ICP	Islands Connectivity Plan - Plana Ceangailteachd nan Eilean
IIP	Infrastructure Investment Plan - Plana Tasgaidh Bun-structair
LCTL	Low Carbon Transport Loan - Iasad airson Còmhdhail Beag-charboin
LEZ	Low Emission Zones - Sgìre Beag-eimisein
MaaS	Mobility as a Service - Glusadachd mar Sheirbheis
MACS	Mobility and Access Committee for Scotland - Comataidh Glusadachd agus Ruigsinneachd na h-Alba
MSRS	Mode Shift Revenue Support - Cosgais Co-ionann ri Rathad
NPF4	National Planning Framework - Frèam-obrach Planaidh Nàiseanta
NSTAB	National Smart Ticketing Advisory Board - Bòrd Comhairleachaidh Nàiseanta nan Tiocaidean Tapaidh
NTS2	National Transport Strategy - Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhdhail
PEMS	Portable Emissions Measuring Systems - Siostaman Tomhais Eimiseanan So-ghiùlan
R100	Prògram Reaching 100%
RET	Road Equivalent Tariff - Cosgais Co-ionann ri Rathad
RTP	Regional Transport Partnership - Com-pàirteachasan Còmhdhail Roinneil
SCSP	Paths for All's Smarter Choices Smarter Place
SEA	Strategic Environmental Assessment - Measadh Ro-innleachdail air an Àrainneachd
SRWC	Scottish Road Works Commissioner - Coimiseanair Obraichean Rathaid na h-Alba
STAG	Scottish Transport Appraisal Guidance - Stiùireadh Measaidh Còmhdhail na h-Alba
STPR2	Strategic Transport Projects Review - Lèirmheas Pròiseactan Còmhdhail Ro-innleachdail



**TRANSPORT
SCOTLAND**
CÒMHDHAIL ALBA

© Còir-lethbhreac a' Chrùn 2020

Faodaidh tu am fiosrachadh seo (gun suaicheantasan is dealbhan) ath-chleachdadh saor is an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo theirmichean Cead Fosgailte an Riaghaltais. Gus an cead seo fhaicinn, faic <http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence> no cuir post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin. Tha lethbhreacan a bharrachd den sgrìobhainn seo rim faighinn, ma thèid sin iarraidh, ann an cruth claisneachd is faicsinneach agus ann an cànanan coimhearsnachd. Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn/foillseachadh seo a chur thugainn aig info@transport.gov.scot

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn air làrach-lìn Còmhdhail Alba aig:

www.transport.gov.scot

Air fhoillseachadh le Còmhdhail Alba, An Dùbhlachd 2020,

Lean sinn:



transcotland



@transcotland

transport.gov.scot



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot